

BBC

QuirCeist

mu chreideamh an t-saoghail

Còmhradh 1 leis a' Mhinistear (Criosdaidh)

Ministear: Dè tha thu ris?	Minister: What are you up to?
Balach/Nighean: Cò? Mise? Chan eil dad!	Boy/Girl: Who, me? Nothing!
Ministear: Tha fios nach robh gnothach agad ris a' ghraffiti uabhasach air balla na h-eaglais?	Minister: I don't suppose that you had anything to do with spraying this dreadful graffiti on the church wall, did you?
Balach/Nighean: Nach ann oirbh a tha an coltas fiadhaich!	Boy/Girl: You seem a bit hot under the collar!
Ministear: Uill, tha adhbhar agam! Chan eil fhios 'am carson a bhiodh duine a' saoilsinn gu bheil e èibhinn eaglais a mhilleadh. Bu toigh leam coinneachadh ris an neach a rinn seo agus trod ris.	Minister: Well, I have good reason to be! I just don't know why anybody thinks it's funny or clever to vandalise a church. I'd like to meet the person who did this and give them a piece of my mind.
Balach/Nighean: Gabh air ar socair!	Boy/Girl: You shouldn't give bits of your mind away, you know. You'll soon have none left!
Ministear: Bi modhail! Ach 's e deagh phuing a tha sin. 'S dòcha nan èistinn ris an neach a rinn seo, seach a bhith a' fàs fiadhaich, gun tuiginn carson a tha iad ga dhèanamh. Hmm. Tha e air a bhith a' cur iongnadh orm fad mo bheatha.	Minister: Don't be cheeky! Though, actually, that's a good point. Maybe if I listen to the person who did this, rather than get cross with them, I might get an idea of why they did it. Hmm. You know, it's something that has puzzled me all my life.
Balach/Nighean: Dè tha?	Boy/Girl: What has?

<p>Ministear: Tha gu bheil e a' còrdadh ri cuid a bhith mì-chàilear agus a bhith a' milleadh rudan air daoine eile. Bha mi san taigh-dhealbh an latha roimhe agus bha daoine a' bualadh am basan airson nan droch dhaoine. An creideadh tu sin?</p>	<p>Minister: The fact that some people seem to enjoy being nasty and spoiling things for others. I mean, I went to the cinema the other day and people were cheering for the bad guys. Can you believe that?</p>
<p>Balach/Nighean: 'S toigh le daoine eucoraich nuair nach eil iad fior, ach tha e doirbh a bhith math fad na h-ùine ... 's dòcha gu bheil e nas phasa dhuibhse agus sibh nur ministear.</p>	<p>Boy/Girl: Yes. People like villains when they're not real and, anyway, it's hard to be good all the time ... though maybe it's easier for you, because you're a vicar.</p>
<p>Ministear: Gun teagamh, chì mi gu bheil eucoraich ann a tha èibhinn. Mar eisimpleir, 's toigh leam Tom ann an cartùn Tom and Jerry. Tha e an-còmhnaidh a' smaoineachadh air rudan suarach a nì e air Jerry beag, bochd, ach cha bhi na planaichean ag obair dha agus 's e e fhèin a bhios a' fulang. Bidh mi a' faireachdainn duilich airson Tom ged as e eucorach a th' ann.</p>	<p>Minister: All right. I can see why some villains are funny. I mean, I do like Tom from the Tom and Jerry cartoons. He's always planning to do something horrible to poor little Jerry, but his schemes never work and he always comes off worst. So I end up feeling sorry for Tom, even though he is the villain.</p>
<p>Balach/Nighean: Uill, tha e an-còmhnaidh a' faighinn mar a thoil e. Cha bhiodh tu toilichte mura faigheadh.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, well, he always gets what he deserves, I guess. I bet you wouldn't like it if he didn't.</p>
<p>Ministear: Tha mi a' creidsinn gu bheil thu ceart. Faodaidh ar beatha a bhith gu math doirbh uaireannan, ach feumaidh sinn ionnsachadh bho na mearachdan againn. Dh'fhàs beatha Àdhamh agus Eubha gu math doirbh nuair a rinn iad an rud ceàrr. Bheil fios agad dè thachair nuair a chuir Àdhamh siol.</p>	<p>Minister: No, you're probably right. I wouldn't. Life can be very hard at times, but we have to learn from our mistakes. Life got pretty hard for Adam and Eve when they were found out. Do you know what happened to Adam when he planted seeds?</p>
<p>Balach/Nighean: Chan eil cuimhn' 'am.</p>	<p>Boy/Girl: No, I can't remember.</p>
<p>Ministear: Nuair a chuireas sinn siol ann an gàrradh no ann an achadh, uaireannan fàsaidh luibhean am measg an t-sìl.</p>	<p>Minister: When we plant seeds in a garden or in a field, weeds sometimes grow up as well as the plants we wanted. Weeds</p>

<p>Tha luibhean nan trioblaid do ghàirnealairean agus do thuathanaich. Bha ùghdar stòiridh Àdhamh agus Eubha a' smaoineachadh carson a bhios a' bheatha uaireannan doirbh, agus tha aon fhreagairt san stòiridh. Bheil thu airson an stòiridh fhaicinn?</p>	<p>can be a real nuisance to gardeners and to farmers. The writer of the story of Adam and Eve was wondering why life can be difficult, and the story gives one possible answer. Would you like to watch the story?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha, mas e ur toil e.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, please.</p>
<p>Ministear: Chan eil a h-uile Crìosdaidh ag aontachadh mu chiall na stòiridh. Ach coma leinn an-dràsta an do thachair e mar sin no nach do thachair. Chì sinn an ionnsaich sinn càil a tha fior aiste. Dè tha fior mu dhaoine?</p>	<p>Minister: That's right. Let me say that not all Christians agree about the meaning of the story. But right now, let's not worry about whether or not it really happened like this. Let's see if we can learn any truth from it. What do you think is true of human beings?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha iad air am buaireadh airson an rud ceàrr a dhèanamh.</p>	<p>Boy/Girl: They are tempted to do the wrong thing.</p>
<p>Ministear: Saoil carson a tha daoine air am buaireadh gus an rud ceàrr a dhèanamh?</p>	<p>Minister: Yes, they are. But why do you think people are tempted to do the wrong thing?</p>
<p>Balach/Nighean: A chionn 's gu bheil e uaireannan a' coimhead math, fiù 's ged nach eil e.</p>	<p>Boy/Girl: Because sometimes it seems like a cool thing to do, even though it isn't.</p>
<p>Ministear: Tha sin ceart. 'S e dà thaobh de nàdar an duine a th' ann an taghadh eadar ceart agus ceàrr, agus buaireadh, mar a chì sinn ann an stòiridh Àdhamh agus Eubha. Dè tha thu a' smaoineachadh as urrainn dhuinn ionnsachadh bho stòiridh Àdhamh agus Eubha ge b' e ciamar a thachair e?</p>	<p>Minister: That's right. In fact, choosing between right and wrong, and being tempted by the wrong thing, are both aspects of human nature that we can see in the Adam and Eve story. And what do you think we can learn from the story of Adam and Eve, even if we don't believe it actually happened?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi a' smaoineachadh gum faod daoine taghadh dè nì iad nam beatha. Ach feumaidh iad taghadh gu cùramach agus smaoineachadh mun bhuil a bhios aig na nì iad.</p>	<p>Boy/Girl: I think it means that people can make choices about what to do in their lives. But they need to choose carefully and think about the consequences.</p>

<p>Ministear: Dìreach! Chuir Dia dleastanas oirnn coimhead às dèidh an t-saoghal a rinn E. Ach tha cus dhaoine a' dol an dòigh fhèin agus chan eil guth aca air dè as fheàrr dhan h-uile duine. 'S e a' bhuil am bùrach a chì thu mun cuairt, sa bhaile seo agus air feadh an t-saoghal.</p>	<p>Minister: Exactly! God has given us the responsibility of looking after the world he made. But too many people have chosen to go their own way and do not think about what is best for everyone. The result is the mess that you see all around you, both here in the village and in the wider world.</p>
<p>Balach/Nighean: Ach dè 's urrainn dhòmhsa a dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: But what can I do about it?</p>
<p>Ministear: Uill, dh'fhaodadh tu mo chuideachadh.</p>	<p>Minister: Well, you could give me a hand.</p>
<p>Balach/Nighean: Duilich, chan urrainn dhomh stad. Ach cuiridh mi sgudal ann am biona bho seo a-mach.</p>	<p>Boy/Girl: Oh sorry, I can't stop. But I'll make sure that I'll always put my litter in a bin from now on.</p>
<p>Ministear: Sin thu fhèin! Sin ceum air an t-slighe cheart. Thalla a-nis agus faic an toir thu air luchd-ealain graffiti sgur a phrasadh peant air ballachan na h-eaglais. Bhithinn gu mòr na do chomain!</p>	<p>Minister: Good for you! That's a step in the right direction. Now off you go and, if you can persuade any graffiti artists you meet not to spray paint on the church walls, I would be very grateful!</p>
<p>Balach/Nighean: Tà, aithnichidh mi tè. Saoilidh mi gum bi ùidh aice anns na thuirt thu.</p>	<p>Boy/Girl: Actually, there is one I know. I think she will be very interested in what you've said.</p>
<p>Ministear: Can rithe gu bheil i di-beathte tighinn ga mo chuideachadh a' peantadh na h-eaglaise. Trobhad ort! 'S gum faodadh i fiù 's dealbh-balla ceart a dhèanamh le graffiti. Bhiodh i a' dèanamh deagh fheum dhen tàlant aice, agus bhiodh e na thoileachadh dhan h-uile duine. Ò, bhiodh sin glan fhèin!</p>	<p>Minister: Tell her that she's welcome to come and help me paint the church. Hey! Maybe she could even do a proper graffiti mural. It would put her talents to good use and be something that everyone could enjoy. Oh yes, now that really would be cool!</p>

Còmhradh 2 leis a' Mhinistear (Crìosdaidh)

Ministear: Dè tha thu ris?	Minister: What are you up to?
Balach/Nighean: Cò? Mise? Chan eil dad!	Boy/Girl: Who, me? Nothing!
Ministear: Tha fios nach robh gnothach agad ris a' ghraffiti uabhasach air balla na h-eaglais?	Minister: I don't suppose that you had anything to do with spraying this dreadful graffiti on the church wall, did you?
Balach/Nighean: Cha robh!	Boy/Girl: No!
Ministear: Tha e ga mo chur às mo rian gum biodh duine cho beag spèis. 'S e àite airson co-chomann a th' ann an eaglais far am bi daoine a' tighinn a dh'adhradh ann an sìth.	Minister: Well, you would say that. You know, it makes me so upset that anyone could be so disrespectful. A church is a place of fellowship where people come together in peace to worship. Why would you want to spoil it for them?
Balach/Nighean: Air m' onair, cha bu mhise a rinn e. Cha toigh leamsa graffiti nas mò.	Boy/Girl: Honestly, I didn't do it. I don't like graffiti any more than you.
Ministear: 'S math sin. Ach carson a bhios daoine a' dèanamh a leithid. Chan eil mise ga thuigs.	Minister: Well, I'm pleased to hear it. So, tell me, why do people do it? It baffles me.
Balach/Nighean: Tha mi a' smaoineachadh gur ann air sgàth 's nach eil dad aca ri dhèanamh.	Boy/Girl: I think they do it because they're bored.
Ministear: Ciamar as urrainn do dhuine a bhith beò air an t-saoghal àlainn seo agus a bhith ga shaoilsinn sàrachail? Bha mi a' leughadh leabhar Ghènesis an latha roimhe agus chòrd an t-iomradh air Gàrradh Eden a rinn Dia do dh'Àdhamh agus do dh'Eubha rium. Tha e dìreach mar bu chòir dhan t-saoghal a bhith - làn bheathaichean, iasg, eòin agus lusan àlainn beò còmhla gun chòmhstrie. Tha dealbh agam dheth. Bheil thu	Minister: But how can anyone live in this beautiful world and be bored? You know, I was reading the book of Genesis the other day and I just love the description of the Garden of Eden that God made for Adam and Eve. It's just as the world should be - full of beautiful plants and animals, fish, birds and people living together in harmony. I have a painting of it. Would you like to see it?

airson fhaicinn?	
Balach/Nighean: Tha.	Boy/Girl: Yes, OK.
Ministear: Chunnaic thu an dealbh, agus tha fios agad a-nise dè tha mi ag ràdh nuair a chanas mi gun do rinn Dia saoghal mìorbaileach do dhaoine.	Minister: OK, you've seen the picture, and so you know what I mean when I say that God made a wonderful world for people to live in.
Balach/Nighean: Ach chan eil an saoghal mar sin a-nis.	Boy/Girl: But the world's not like that now.
Ministear: Carson nach eil ge-tà?	Minister: No, it's not, but why isn't it?
Balach/Nighean: 'S dòcha gur e coire Dhè a th' ann airson leigeil leis an staid a tha seo a ruighinn.	Boy/Girl: It could be God's fault for allowing it to get in this state.
Ministear: Carson a chuireadh sinn a' choire air Dia nuair a bhios daoine a' taghadh mar a bhios iad beò? Tha mise dhen bheachd gun deach a h-uile càil a tha seo ceàrr air sgàth co-dhùnaidhean ceàrr a rinn daoine. 'S ann mu dheidhinn sin a tha stòiridh Gàrradh Eden. Cha do rinn Eubha an rud a bu chòir dhi. Bheil sibh airson film fhaicinn mu dheidhinn?	Minister: But why blame God when human beings can choose how they want to live? I think most of the things we're talking about are caused by wrong decisions made by human beings. That's what the Garden of Eden story is all about. Eve didn't do what she was supposed to do. Look, I've got a film about it. Do you want to watch it?
Balach/Nighean: Tha.	Boy/Girl: Yes, please.
Ministear: Chan eil a h-uile Crìosdaidh ag aontachadh mu chiall na stòiridh. Ach coma leinn an-dràsta an do thachair e mar sin no nach do thachair. Chì sinn an ionnsaich sinn càil a tha fior aiste. Dè tha fior mu dhaoine?	Minister: That's right. Let me say that not all Christians agree about the meaning of the story. But right now, let's not worry about whether or not it really happened like this. Let's see if we can learn any truth from it. What do you think is true of human beings?
Balach/Nighean: Tha aca ri taghadh eadar ceart agus ceàrr.	Boy/Girl: They have to choose between right and wrong.

<p>Ministear: Tha sin ceart. 'S e dà thaobh de nàdar an duine a th' ann an taghadh eadar ceart agus ceàrr, agus buaireadh, mar a chì sinn ann an stòiridh Àdhamh agus Eubha. Dè tha thu a' smaoineachadh as urrainn dhuinn ionnsachadh bho stòiridh Àdhamh agus Eubha ge b' e ciamar a thachair e?</p>	<p>Minister: That's right. In fact, choosing between right and wrong, and being tempted by the wrong thing, are both aspects of human nature that we can see in the Adam and Eve story. And what do you think we can learn from the story of Adam and Eve, even if we don't believe it actually happened?</p>
<p>Balach/Nighean: Ma tha rud math agad, na mill e.</p>	<p>Boy/Girl: That if you've got something good, then don't spoil it.</p>
<p>Ministear: Uill, cha chreid mi nach eil barrachd air an sin ann. Na mo bheachd-sa, thug Dia dhuinn an saoghal airson coimhead às a dhèidh agus cha do rinn sinn sin. Mar Àdhamh agus Eubha, tha sinn air sgur a smaoineachadh air dè tha ceart, agus tha sinn a' dèanamh an rud a tha sinne ag iarraidh.</p>	<p>Minister: Well, I think it's a bit more than that. In my view, God has given us the world to look after and we've failed to do that, I'm afraid. Like Adam and Eve, we've stopped thinking about doing what's right and just pleased ourselves.</p>
<p>Balach/Nighean: A bheil sibh ag ràdh nach gabh càil a dhèanamh? Nach eil Criosdaidhean a' creidsinn gun cuir Dia a h-uile càil ceart?</p>	<p>Boy/Girl: So are you saying that things are hopeless? Don't Christians believe that God will make everything right?</p>
<p>Ministear: Gabhaidh rud a dhèanamh. Tha Criosdaidheachd ag innse dhuinn gun toir Dia cothrom eile dhan h-uile duine an cron a chaidh a dhèanamh a chur ceart. Agus tha mise a' smaoineachadh gur e toiseach tòiseachaidh math a bhiodh ann am baile seo a għlanadh.</p>	<p>Minister: No, things are far from hopeless. The Christian message is that God gives everyone another chance to put right the harm that has been done. And I think that a good way to start would be to clean up this village.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi dol leibh. Tha am baile na bhùrach. Ach dè 's urrainn dhòmhsa a dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: I agree with you. This village is a tip! But what can I do about it?</p>
<p>Ministear: Uill, dh'haodadh tu mo chuideachadh.</p>	<p>Minister: Well, you could give me a hand.</p>
<p>Balach/Nighean: Bu toigh leam, ach tha agam ri dhol a</p>	<p>Boy/Girl: I'd love to, but I've got places to go</p>

dh'fhaicinn daoine.	and people to see.
Ministear: Glè mhath, ach geall dhomh gun smaoinich thu air na thuirt mi. Cha dèan math dhuinn a bhith fèineil agus gun diù. Feumaidh sinn uallach a ghabhail airson na bhios sinn a' dèanamh.	Minister: All right, but promise me that you'll think about what I've said. We need to stop being selfish and thoughtless and start taking responsibility for our actions.
Balach/Nighean: Tha mi a' faicinn gum feum sinn uile taghadh eadar ceart agus ceàrr, chionn 's mura dèan sinn sin, bidh an saoghal fhathast na bhùrach.	Boy/Girl: OK, I will. I can see that we must all choose between doing right and doing wrong because, if we don't, the world will remain in a terrible mess.
Ministear: Sin thu fhèin! Sin ceum air an t-slighe cheart. Thalla a-nis agus faic an toir thu air luchd-ealain graffiti sgur a phrasadh peant air ballachan na h-eaglais. Bhithinn gu mòr na do chomain!	Minister: Good for you! That's a step in the right direction. Now off you go and, if you can persuade any graffiti artists you meet not to spray paint on the church walls, I would be very grateful!
Balach/Nighean: Tà, aithnichidh mi tè. Saoilidh mi gum bi ùidh aice anns na thuirt thu.	Boy/Girl: Actually, there is one I know. I think she will be very interested in what you've said.
Ministear: Can rithe gu bheil i di-beathte tighinn ga mo chuideachadh a' peantadh na h-eaglaise. Trobhad ort! 'S gum faodadh i fiù 's dealbh-balla ceart a dhèanamh le graffiti. Bhiodh i a' dèanamh deagh fheum dhen tàlant aice, agus bhiodh e na thoileachadh dhan h-uile duine. Ò, bhiodh sin glan fhèin!	Minister: Tell her that she's welcome to come and help me paint the church. Hey! Maybe she could even do a proper graffiti mural. It would put her talents to good use and be something that everyone could enjoy. Oh yes, now that really would be cool!

Còmhradh 3 leis a' Mhinistear (Crìosdaidh)

Ministear: Tha iad ris a-rithist!	Minister: They're at it again!
Balach/Nighean: Cò?	Boy/Girl: Who are?
Ministear: Na bhandailan. Bheil thu cinnteach nach e bhandail a th' annad fhèin?	Minister: Those vandals. Are you sure you're not one of them?
Balach/Nighean: Dè tha sibh a' ciallachadh?	Boy/Girl: What do you mean?
Ministear: Tha fios nach robh gnothach agad ris a' ghraffiti uabhasach air balla na h-eaglais?	Minister: I don't suppose that you had anything to do with spraying this dreadful graffiti on the church wall, did you?
Balach/Nighean: Cha robh!	Boy/Girl: No!
Ministear: Tha e ga mo chur às mo rian gum biodh duine cho beag spèis. 'S e àite airson co-chomann a th' ann an eaglais far am bi daoine a' tighinn a dh'adhradh ann an sìth.	Minister: Well, you would say that. You know, it makes me so upset that anyone could be so disrespectful. A church is a place of fellowship where people come together in peace to worship. Why would you want to spoil it for them?
Balach/Nighean: Chan eil fhios 'am.	Boy/Girl: I don't know.
Ministear: Fhras thu peant air feadh a' bhalla agus chan eil fiù 's fios agad carson? Chan fhiach sin. Tha mi ag iarraidh adhbhar, airson 's gun tuig mi carson a tha cuid a' smaoineachadh gu bheil barrachd spòrs ann a bhith a' milleadh rudan seach an rud ceart a dhèanamh.	Minister: So you sprayed paint all over the wall and you don't even know why you did it? You know, that's really not good enough! I want an explanation, to understand why some people think it's more fun to destroy things than to do the right thing.
Balach/Nighean: Tha sibh ceàrr. Cha b' e mise a rinn an graffiti. Bha mi a' ciallachadh nach eil fios 'am carson a bhios daoine ga dhèanamh.	Boy/Girl: No, you've got it wrong! I didn't spray graffiti. I meant that I don't know why people do it.

<p>Ministear: Tha mi duilich. Leum mi chun a' cho-dhùnaidh ud. Ach fhathast rinn cuideigin – ged nach tusa – droch rud. Chan eil mi ga thuigsinn.</p>	<p>Minister: Oh, I'm sorry. I rather jumped to that conclusion, I'm afraid. Still, it doesn't alter the fact that someone - though not you - has chosen to act in a mean way. I just don't get it.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè nach eil sibh a' tuigsinn?</p>	<p>Boy/Girl: What don't you get?</p>
<p>Ministear: Tha gu bheil e a' còrdadh ri cuid a bhith mì-chàilear agus a bhith a' milleadh rudan air daoine eile. Bha mi san taigh-dhealbh an latha roimhe agus bha daoine a' bualadh am basan airson nan droch dhaoine. An creideadh tu sin?</p>	<p>Minister: The fact that some people seem to enjoy being nasty and spoiling things for others. I mean, I went to the cinema the other day and people were cheering for the bad guys. Can you believe that?</p>
<p>Balach/Nighean: Uill, tha gu leòr dhen bheachd gu bheil e math a bhith dona.</p>	<p>Boy/Girl: Well, a lot of people think that being bad is cool.</p>
<p>Ministear: Tha thu ceart. Agus nuair a nì sinn droch rud, cha bhi e gar dèanamh toilichte idir. Thug Dia Gàrradh Eden do dh'Àdhamh agus do dh'Eubha airson fuireach ann, ach cha b' urrainn dhaibh gun na measan air craobh a' mhaith agus an uilc ithe, ged a thuirt Dia riutha gun sin a dhèanamh. Agus cha do rinn e toilichte iad. Thug Dia orra Eden fhàgail. Bheil thu airson film fhaicinn mu dheidhinn?</p>	<p>Minister: I'm afraid you are right. Yet, when we do something bad, it never really makes us happy. God gave Adam and Eve the Garden of Eden to live in, but they couldn't resist eating the fruit from the tree of knowledge, even though God had told them not to. And it didn't even make them happy. God made them leave Eden. Would you like to watch a film of their story?</p>
<p>Balach/Nighean: Mas e ur toil e. 'S toigh leam filmichean.</p>	<p>Boy/Girl: Oh Yes, please. I like watching films.</p>
<p>Ministear: Chan eil a h-uile Crìosdaidh ag aontachadh mu chiall na stòiridh. Ach coma leinn an-dràsta an do thachair e mar sin no nach do thachair. Chì sinn an ionnsaich sinn càil a tha fior aiste. Dè tha fior mu dhaoine?</p>	<p>Minister: That's right. Let me say that not all Christians agree about the meaning of the story. But right now, let's not worry about whether or not it really happened like this. Let's see if we can learn any truth from it. What do you think is true of human beings?</p>

<p>Balach/Nighean: Tha aca ri taghadh eadar ceart agus ceàrr.</p>	<p>Boy/Girl: They have to choose between right and wrong.</p>
<p>Ministear: Tha sin ceart. 'S e dà thaobh de nàdar an duine a th' ann an taghadh eadar ceart agus ceàrr, agus buaireadh, mar a chì sinn ann an stòiridh Àdhamh agus Eubha. Dè tha thu a' smaoineachadh as urrainn dhuinn ionnsachadh bho stòiridh Àdhamh agus Eubha ge b' e ciamar a thachair e?</p>	<p>Minister: That's right. In fact, choosing between right and wrong, and being tempted by the wrong thing, are both aspects of human nature that we can see in the Adam and Eve story. And what do you think we can learn from the story of Adam and Eve, even if we don't believe it actually happened?</p>
<p>Balach/Nighean: Ma tha rud math agad, na mill e.</p>	<p>Boy/Girl: That if you've got something good, then don't spoil it.</p>
<p>Ministear: Uill, cha chreid mi nach eil barrachd air an sin ann. Na mo bheachd-sa, thug Dia dhuinn an saoghal airson coimhead às a dhèidh agus cha do rinn sinn sin. Mar Àdhamh agus Eubha, tha sinn air sgur a smaoineachadh air dè tha ceart, agus tha sinn a' dèanamh an rud a tha sinne ag iarraidh.</p>	<p>Minister: Well, I think it's a bit more than that. In my view, God has given us the world to look after and we've failed to do that, I'm afraid. Like Adam and Eve, we've stopped thinking about doing what's right and just pleased ourselves.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha fios nach eil sibh a' cur na coire gu lèir air an neach a pheant balla na h-eaglais, a bheil?</p>	<p>Boy/Girl: You're surely not putting all the blame on the person who sprayed your church with paint, are you?</p>
<p>Ministear: Chan eil. Ach chan eil dragh aig an neach sin agus chan eil e a' sealltann spèis, ach tha iomadh duine eile mar sin, sean agus òg. Ach tha dòchas ann. Tha mi a' creidsinn gu bheil Dia gràdhach agus gum bi e a' toirt cothrom do dhaoine sgur de dhroch rudan agus rudan a chur ceart. Mar sin, chan eil e ro fhadalach. Ach mar as luaithe a thòisicheas sinn a' glanadh a' bhaile seo, 's ann as fheàrr, nach ann?</p>	<p>Minister: No, of course not. That person is thoughtless and shows a lack of respect, but then so do many people, young and old. However, all is not lost. I believe that God is a loving God who always gives people the chance to mend their ways and put things right. So it's never too late. Nonetheless I think the sooner we start cleaning up this village the better, don't you?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha sibh ceart. Ma chì mi cuideigin mar bhandail, iarraidh mi orra sgur.</p>	<p>Boy/Girl: You're right. If I see anyone acting like a vandal, I'll tell them to stop!</p>

<p>Ministear:</p> <p>Math dha-rìribh! Ach 's e a' cheist, carson a bhios daoine a' milleadh na h-àrainneachd sa chìad àite. Tha mise a' creidsinn gun do rinn Dia an saoghal mìorbhaileach seo, agus gun do dh'fhàg E an urra rinne e. Ach tha E cuideachd a' leigeil leinn an rud ceart no ceàrr a thaghadh. Na mo bheachd-sa, nuair a sguireas sinn a dhèanamh mar as còir dhuinn, bidh rudan a' dol ceàrr agus nam butarrais. Feumaidh sinne an uair sin rudan a chur ceart.</p>	<p>Minister:</p> <p>Excellent! But why humans spoil their environment in the first place is the puzzle. You know, I believe that God created this wonderful world and put us in charge of it. But he also allows us to choose whether we do the right or the wrong thing. It's my view that when we forget how to behave correctly, things go wrong and we end up in a mess. Then we have a responsibility to put things right.</p>
<p>Balach/Nighean:</p> <p>Tha mi dhen bheachd gu bheil an nighean ris an do choinnich mi – an neach-ealain graffiti – a' smaoineachadh a-rithist mu chuid dhe na rudan a rinn i agus gu bheil i airson rudeigin a dhèanamh airson a' chùis a chur ceart.</p>	<p>Boy/Girl:</p> <p>I think the girl I met - who is a graffiti artist - is having second thoughts about some of the things she has done and wants to do something to put things right.</p>
<p>Ministear:</p> <p>Can rithe gu bheil i di-beathte tighinn ga mo chuideachadh a' peantadh na h-eaglaise. Trobhad ort! 'S gum faodadh i fiù 's dealbh-balla ceart a dhèanamh le graffiti. Bhiodh i a' dèanamh deagh fheum dhen tàlant aice, agus bhiodh e na thoileachadh dhan h-uile duine. Ò, bhiodh sin glan fhèin!</p>	<p>Minister:</p> <p>Tell her that she's welcome to come and help me paint the church. Hey! Maybe she could even do a proper graffiti mural. It would put her talents to good use and be something that everyone could enjoy. Oh yes, now that really would be cool!</p>

Còmhradh 4 leis a' Mhinistear (Crìosdaidh)

Ministear: Dè tha thu ris?	Minister: What are you up to?
Balach/Nighean: Cò? Mise? Chan eil dad!	Boy/Girl: Who, me? Nothing!
Ministear: Tha fios nach robh gnothach agad ris a' ghraffiti uabhasach air balla na h-eaglais?	Minister: I don't suppose that you had anything to do with spraying this dreadful graffiti on the church wall, did you?
Balach/Nighean: Cha robh!	Boy/Girl: No!
Ministear: Tha e ga mo chur às mo rian gum biodh duine cho beag [spèis]. 'S e àite airson co-chomann a th' ann an eaglais far am bi daoine a' tighinn a dh'adhradh ann an sìth. Carson a bhiodh duine airson a mhilleadh?	Minister: You know, it makes me so upset that anyone could be so [disrespectful]. A church is a place of fellowship where people come together in peace to [worship]. Why would you want to spoil it for them?
Balach/Nighean: Air m' onair, cha bu mhise a rinn e. Cha toigh leamsa graffiti nas mò.	Boy/Girl: Honestly, I didn't do it. I don't like graffiti any more than you.
Ministear: 'S math sin. Ach carson a bhios daoine a' dèanamh a leithid. Chan eil mise ga thuigs.	Minister: Well, I'm pleased to hear it. So, tell me, why do people do it? It baffles me.
Balach/Nighean: Tha e a' sealltainn dhan h-uile duine gu bheil iad an seo agus gu bheil rudeigin aca ri ràdh.	Boy/Girl: It shows everyone that they're here and they have something to say.
Ministear: Chì sinn gu bheil iad ann, ach dè tha frasadhbh peant air balla eaglais ag ràdh mun deidhinn? Bha e riamh a' cur iongnadh orm. Do chuid tha barrachd spòrs ann an rud ceàrr a dhèanamh seach a bhith modhail. Carson a tha sin?	Minister: Well, we can see that they're here, but what does spraying paint on a church wall say about them? You know, it's always puzzled me. For some people, doing the wrong thing seems much more fun than trying to behave properly. Why is that?
Balach/Nighean: Bidh clann eile a' toirt ort droch rudan a	Boy/Girl: Other kids put pressure on you to do

<p>dhèanamh uaireannan, fiù 's ged nach biodh tu ag iarraidh a dhèanamh.</p>	<p>bad stuff sometimes, even though you don't want to do it.</p>
<p>Ministear: Tha mi duilich sin a chluinntinn. Ach chan urrainn a' choire a chur air daoine eile airson nan rudan a nì sinne. Sin far a bheil an stòiridh mu Àdhamh is Eubha a' nochdadadh nàdar an duine. Dh'fheuch Àdhamh a' choire a chur air Eubha. Dh'fheuch Eubha a' choire a chur air an nathair. Sin a bhios sinn a' dèanamh uaireannan – a' cur na coire air cuideigin eile. An do chuir thu a' choire riamh air cuideigin eile, seach an fhìrinn innse? Tha film agam mu [Ghàrradh Eden]. A bheil thu airson fhaicinn?</p>	<p>Minister: I'm sorry to hear that. But, you know, we can't blame others for the things we do. That's where the Adam and Eve story reflects our human nature. Adam tried to blame Eve. Eve tried to blame the snake. That's what we sometimes do - blame somebody else. Have you ever blamed somebody else, rather than owning up to something? Look, I have a film about the [Garden of Eden]. Would you like to watch it?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha, mas e ar toil e.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, please.</p>
<p>Ministear: Dè a thuirt Dia ri Àdhamh agus ri Eubha a dh'fhaodadh iad ithe? Bheil fhios agad?</p>	<p>Minister: So what did God tell Adam and Eve they could eat? Can you tell me?</p>
<p>Balach/Nighean: A h-uile càil a bha sa ghàrradh, ach measan bho chraobh eòlas a' mhaith agus an uilc a dh'innseadh dè bha ceart is ceàrr.</p>	<p>Boy/Girl: Everything in the garden, except fruit from the tree of the knowledge of what is right and what is wrong.</p>
<p>Ministear: Tha sin ceart. Thuirt Dia riutha gum faodadh iad rud sam bith ithe ach measan bho chraobh eòlas a' mhaith agus an uilc. Agus dè rinn Àdhamh agus Eubha?</p>	<p>Minister: That's right. God told them they could eat anything except fruit from the tree of the knowledge of what's right and wrong. And what did Adam and Eve do?</p>
<p>Balach/Nighean: Dh'ith iad measan bho chraobh eòlas a' mhaith agus an uilc.</p>	<p>Boy/Girl: They ate fruit from the tree of the knowledge of what's right and what's wrong.</p>
<p>Ministear: Chan eil a h-uile Crìosdaidh ag aontachadh mu chiall na stòiridh. Ach coma leinn an-dràsta an do thachair e mar sin no nach do thachair. Chi sinn</p>	<p>Minister: That's right. Let me say that not all Christians agree about the meaning of the story. But right now, let's not worry about whether or not it really happened</p>

<p>an ionnsaich sinn càil a tha fior aiste. Dè tha fior mu dhaoine?</p>	<p>like this. Let's see if we can learn any truth from it. What do you think is true of human beings?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha iad air am buaireadh airson an rud ceàrr a dhèanamh.</p>	<p>Boy/Girl: They are tempted to do the wrong thing.</p>
<p>Ministear: Tha sin ceart. 'S e dà thaobh de nàdar an duine a th' ann an taghadh eadar ceart agus ceàrr, agus buaireadh, mar a chì sinn ann an stòiridh Àdhamh agus Eubha. Dè tha thu a' smaoineachadh as urrainn dhuinn ionnsachadh bho stòiridh Àdhamh agus Eubha ge b' e ciamar a thachair e?</p>	<p>Minister: That's right. In fact, choosing between right and wrong, and being tempted by the wrong thing, are both aspects of human nature that we can see in the Adam and Eve story. And what do you think we can learn from the story of Adam and Eve, even if we don't believe it actually happened?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi a' smaoineachadh gum faod daoine taghadh dè nì iad nam beatha. Ach feumaidh iad taghadh gu càramach agus smaoineachadh mun [bhuil] a bhios aig na nì iad.</p>	<p>Boy/Girl: I think it means that people can make choices about what to do in their lives. But they need to choose carefully and think about the [consequence]s.</p>
<p>Ministear: Saoil carson a tha daoine air am buaireadh gus an rud ceàrr a dhèanamh?</p>	<p>Minister: Yes, they are. But why do you think people are tempted to do the wrong thing?</p>
<p>Balach/Nighean: A chionn 's gu bheil e uaireannan a' coimhead math, fiù 's ged nach eil e.</p>	<p>Boy/Girl: Because sometimes it seems like a cool thing to do, even though it isn't.</p>
<p>Ministear: Dìreach! Chuir Dia dleastanas oirnn coimhead às deidh an t-saoghal a rinn E. Ach tha cus dhaoine a' dol an dòigh fhèin agus chan eil guth aca air dè as fheàrr dhan h-uile duine. 'S e a' bhuil am bùrach a chì thu mun cuairt, sa bhaile seo agus air feadh an t-saoghal.</p>	<p>Minister: Exactly! God has given us the responsibility of looking after the world he made. But too many people have chosen to go their own way and do not think about what is best for everyone. The result is the mess that you see all around you, both here in the village and in the wider world.</p>
<p>Balach/Nighean: Ach dè 's urrainn dhòmhsha a dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: But what can I do about it?</p>

Ministear: Uill, dh'fhaodadh tu mo chuideachadh.	Minister: Well, you could give me a hand.
Balach/Nighean: Bu toigh leam, ach tha agam ri dhol a dh'fhaicinn daoine.	Boy/Girl: I'd love to, but I've got places to go and people to see.
Ministear: Glè mhath, ach geall dhomh gun smaoinich thu air na thuirt mi. Cha dèan math dhuinn a bhith fèineil agus gun diù. Feumaidh sinn uallach a ghabhail airson na bhios sinn a' dèanamh.	Minister: All right, but promise me that you'll think about what I've said. We need to stop being selfish and thoughtless and start taking responsibility for our actions.
Balach/Nighean: Tha mi a' faicinn gum feum sinn uile taghadh eadar ceart agus ceàrr, chionn 's mura dèan sinn sin, bidh an saoghal fhathast na bhùrach.	Boy/Girl: OK, I will. I can see that we must all choose between doing right and doing wrong because, if we don't, the world will remain in a terrible mess.
Ministear: Sin thu fhèin! Sin ceum air an t-slighe cheart. Thalla a-nis agus faic an toir thu air luchd-ealain graffiti sgur a fhrasadh peant air ballachan na h-eaglais. Bhithinn gu mòr na do chomain!	Minister: Good for you! That's a step in the right direction. Now off you go and, if you can persuade any graffiti artists you meet not to spray paint on the church walls, I would be very grateful!
Balach/Nighean: Tà, aithnichidh mi tè. Saoilidh mi gum bi ùidh aice anns na thuirt thu.	Boy/Girl: Actually, there is one I know. I think she will be very interested in what you've said.
Ministear: Can rithe gu bheil i di-beathte tighinn ga mo chuideachadh a' peantadh na h-eaglaise. Trobad ort! 'S gum faodadh i fiù 's dealbh-balla ceart a dhèanamh le graffiti. Bhiodh i a' dèanamh deagh fheum dhen tàlant aice, agus bhiodh e na thoileachadh dhan h-uile duine. Ò, bhiodh sin glan fhèin!	Minister: Tell her that she's welcome to come and help me paint the church. Hey! Maybe she could even do a proper graffiti mural. It would put her talents to good use and be something that everyone could enjoy. Oh yes, now that really would be cool!

Còmhradh 1 leis an Fhear le na Notaichean (Muslimach)

<p>Neach-obrach Islamic Relief: Halò a-rithist. 'S math gun tàinig thu. Tha mi airson m' anail a leigeil greis!</p>	<p>Islamic Relief worker: Hello again. I'm glad you came along. I could do with a break from loading this lorry!</p>
<p>Balach/Nighean: Cuimhnich dhomh dè tha sibh a' cur dhan làraidh?</p>	<p>Boy/Girl: Remind me what you're loading.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha sinn ga liònadh le stuthan airson Islamic Relief. Tha mionaid no dhà agam airson bruidhinn, ach sin uile. Mar as luate a gheibh sinn an làraidh air falbh dhan sgìre èiginnich, 's ann as fheàrr.</p>	<p>Islamic Relief worker: We're loading it with supplies for Islamic Relief. I do have a couple of minutes to talk, but I can't be too long. The sooner we can get this lorry on its way to the disaster area, the better.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè th' ann an Islamic Relief?</p>	<p>Boy/Girl: What's Islamic Relief?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S e buidheann cobhair à Breatainn a th' ann an Islamic Relief. Thòisich e le fichead sgillinn bho bhalach beag, ach bidh iad a-nis a' cuideachadh nan daoine as bochda air an t-saoghal. Tha mise san aonad èiginn, agus bidh sinn a' cur cobhair cho luath 's a ghabhas gu daoine a bhios a' fulang air sgàth mòr-thubaist.</p>	<p>Islamic Relief worker: Islamic Relief is a British aid agency. It started with a 20p donation from a young boy, but now it provides help to the world's poorest people. I'm part of the emergency response unit and we get supplies out to the victims of a disaster as quickly as we can.</p>
<p>Balach/Nighean: Nach fheum sibh na milleanan a chosg nuair a bhios èiginn mhòr ann?</p>	<p>Boy/Girl: Don't you need millions of pounds to cope with a disaster?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha, ach le coibhneas dhaoine mar a' bhalaich bhig ud, tha airgead againn a-nis a chuidicheas – ged nach eil gu leòr ann. Tha mòr-thubaistean ann cho tric. Sin mar a tha an saoghal. Ach bidh Allah gar brosnachadh gu bhith a' cuideachadh dhaoine ann an èis.</p>	<p>Islamic Relief worker: Yes, but thanks to the generosity of people like the boy, we now have the money to help - although, sadly, it's never enough. There are always catastrophes. It's how the world is. But Allah gives us the inspiration to reach out our hands to people in need.</p>
<p>Balach/Nighean: Ach nach b' urrainn Allah stad a chur air mòr-thubaistean?</p>	<p>Boy/Girl: But couldn't Allah stop disasters from happening?</p>

<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha iad nam pàirt dhen t-saoghal nàdarra a chruthaich Allah agus feumaidh sinn gabhail ris an sin. Saoilidh mise nach eil cuimhne aig daoine gur e ar dleastanas an saoghal a dhion. An àite sin bidh sinn ga thruailleadh, agus a' dèanamh cron oirnn fhèin – mar blàthachadh na cruinne.</p>	<p>Islamic Relief worker: They are part of the natural world that Allah created and we must learn to accept that. Also, it seems to me that, when we humans forget our duty to protect the world, and pollute it instead, then we bring disasters on ourselves - like global warming.</p>
<p>Balach/Nighean: An dùil a bheil daoine bochda a' truailleadh an t-saoghal? Tha coltas gur iad as miosa a tha a' fulang.</p>	<p>Boy/Girl: Do you think that poor people are polluting the world? They always seem to suffer the most.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S e daoine beairteach a bhios a' cosg uiread de stòrasan an t-saoghal, agus tha daoine bochda gun dachaigh agus leis an acras. Mar Mhuslamach, tha mise a' strì airson ceartas sòisealta, agus tro m' obair aig Islamic Relief, tha mi a' cur beagan ri saoghal nas cothromaiche.</p>	<p>Islamic Relief worker: No, I don't. It's the rich who waste so many of the world's resources, while the poor go homeless and hungry. As a Muslim, I stand up for social justice, and, through my work with Islamic Relief, I hope I'm making a contribution towards a fairer world.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi a' dol leibh gu bheil an saoghal na bhùrach, ach cò as coireach?</p>	<p>Boy/Girl: OK. I agree that the world is in a mess, but whose fault is that?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S e saoghal truagh a tha seo. Cha bhi a h-uile càil ceart ach ann am pàrras. Feumaidh sinn gabhail ris an t-saoghal mar a tha e. Ach feumaidh sinn fhathast an aire a thoirt air, agus daoine a chuideachadh nuair a tha iad feumach. Feumaidh sinn cuideachadh gus gum bi an saoghal nas fheàrr dhan h-uile duine.</p>	<p>Islamic Relief worker: This is an imperfect world. It's only in the next world, paradise, that we shall know perfection. We just have to accept the world as it is. But we are still required to do the best we can to look after it, and to respond to the needs of people as we come across them. We must do practical things to help make this a better world for everyone.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè bhios sibh a' dèanamh a bharrachd air bogsachean a chur ann an làraidh?</p>	<p>Boy/Girl: What practical things do you do, apart from loading boxes onto a lorry?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Bu toigh leam bhidio a shealltann dhut. Tha i a' sealltann Islamic Relief ag</p>	<p>Islamic Relief worker: Look, I'd like to show you this video. It shows Islamic Relief in action. Why</p>

<p>obair. Gheibh thu beachd nas fheàrr air na tha sinn a' dèanamh.</p>	<p>don't you watch it? It will give you a clearer picture of what we do and what we're all about.</p>
<p>Balach/Nighean: Glè mhath.</p>	<p>Boy/Girl: OK, I will.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha mi an dòchas gun tug siud tuigse mun obair againn. Ged a chòrd an còmhradh rium, feumaidh mi cumail orm. Tha mi cinnteach gu bheil daoine eile a dh'innseas rudan dhut. Thalla is tadhail orrasan, mura do rinn thu sin roimhe. Agus cuimhnich gun dèan thu fiamh-ghàire ris an tè a tha a' coimhead na mara. Cha chreid mi nach b' fheàirrd' i e. 'S dòcha gun toir i dhut duais airson a bhith carthannach.</p>	<p>Islamic Relief worker: I hope that has given you an insight into our work. Now, although I have enjoyed our talk, I must get on. I'm sure there are others with much to tell you, so go and spend time with them, if you haven't already done so. Oh, and don't forget to give a smile to that girl sitting staring out to sea. She looks in need of one and perhaps, if you do, she will reward your act of charity.</p>

Còmhradh 2 leis an Fhear le na Notaichean (Muslimach)

Neach-obrach Islamic Relief: Halò a-rithist. 'S math gun tàinig thu. Tha mi airson m' anail a leigeil greis!	Islamic Relief worker: Hello again. I'm glad you came along. I could do with a break from loading this lorry!
Balach/Nighean: Cuimhnich dhomh dè tha sibh a' cur dhan làraidh?	Boy/Girl: Remind me what you're loading.
Neach-obrach Islamic Relief: Tha sinn ga liònadh le stuthan airson Islamic Relief. Tha mionaid no dhà agam airson bruidhinn, ach sin uile. Mar as luate a gheibh sinn an làraidh air falbh dhan sgìre èiginneach, 's ann as fheàrr.	Islamic Relief worker: We're loading it with supplies for Islamic Relief. I do have a couple of minutes to talk, but I can't be too long. The sooner we can get this lorry on its way to the disaster area, the better.
Balach/Nighean: Dè an sgìre èiginneach?	Boy/Girl: What disaster area?
Neach-obrach Islamic Relief: Bha mòr-thubaist nàdarra air taobh eile an t-saoghal. Chaidh mòran dhaoine às an rathad agus tha na míltean gun dachaigh.	Islamic Relief worker: There has been a terrible natural disaster on the other side of the world. Many people have lost their lives and thousands more are homeless.
Balach/Nighean: Tha sin uabhasach!	Boy/Girl: That's awful.
Neach-obrach Islamic Relief: 'S e, ach bidh sinn ag obair cruaidh airson furtachadh agus cobhair a thoirt chun an fheadhainn a tha a' fulang. 'S e sin ar dleastanas mar Mhuslamaich agus cha sguir sinn dheth.	Islamic Relief worker: It is, but we work tirelessly to bring comfort and aid to the victims. It's our duty as Muslims and we will not fail in that duty.
Balach/Nighean: Carson as e dleastanas a th' ann?	Boy/Girl: Why is it your duty?
Neach-obrach Islamic Relief: Tha Mhuslamaich a' creidsinn gun do chruthaich Allah an saoghal agus gu bheil daoine nan khalifahs – nan urrasairean – a bhios a' cumail suas ceartas agus sìth eadar daoine agus an còrr dhen chruthachadh. Mar sin, feumaidh sinn a bhith ri carthannas	Islamic Relief worker: As Muslims, we believe that Allah created the world and that he appointed human beings as his khalifahs - his trustees - to maintain justice and harmony between all humans and the rest of creation. To do this we must be charitable and respond

<p>agus cuideachadh far am bi fulang, ge bith dè an creideamh a th' aig an neach a tha a' fulang.</p>	<p>to suffering wherever we find it, no matter what the beliefs of the sufferer.</p>
<p>Balach/Nighean: Carson a tha sibh a' smaoineachadh gun do chruthaich Allah an saoghal?</p>	<p>Boy/Girl: What makes you think that Allah created the world?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha faclan nam fàidhean, Àbraham, Maois, Iosa agus Muhammad, sìth gun robh dhaibh, ga theagasc dhuinn. Gheibh na gnìomhan math a nì sinn sa bheatha seo duais san ath bheatha, nuair a thèid sinn a phàrras.</p>	<p>Islamic Relief worker: The words of the Prophets, Abraham, Moses, Jesus and Muhammad, peace be upon them, teach us that it is so. The good deeds we do in this life will be rewarded in the next life, when we go to paradise.</p>
<p>Balach/Nighean: A bheil sibh dìreach a' dèanamh gnìomhan math airson duais bho Allah nuair a bhàsaicheas sibh?</p>	<p>Boy/Girl: So do you just do good work in order to get a big reward from Allah after you die?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Nam beachd-sa, chan e carthannas ceart a th' ann ma tha thu ga dhèanamh airson duais. Tha mise ga dhèanamh oir tha gràdh agam do Allah agus tha mi airson seirbheis a dhèanamh dha. Tha e cuideachd a' toirt toileachas dhomh nuair a bheir sinn dòchas do dhaoine.</p>	<p>Islamic Relief worker: In my opinion, it isn't true charity to help others just because you might get a reward. I do what I do because I love Allah and wish to serve him. That is my reward. I also feel a great happiness when I see the hope we bring to people's lives.</p>
<p>Balach/Nighean: A bheil Allah ag iarraidh oirbh a bhith ag obair do charthannas?</p>	<p>Boy/Girl: Do you think Allah wants you to be a charity worker?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Cha lorg daoine sìth gus an tuig iad nach bi càil a' tachairt air an talamh gun Allah. Ma dhiochuimhnicheas iad, agus ma thèid iad an dòigh fhèin, caillidh iad iad fhèin. Bidh mo leithid-sa a' dèanamh toil Allah gu toileach, agus beò san dòigh a bha esan ag iarraidh. Tha sin a' toirt sìth inntinn dhomh gu bheil mi a' dèanamh toil Allah.</p>	<p>Islamic Relief worker: Listen. People will only find peace when they realise that nothing happens on earth without Allah. If people forget this, and try to go their own way, they will lose themselves. But Muslims like me submit themselves freely to Allah and live the life for which he created them. This brings me peace of mind, so I know I am fulfilling Allah's purpose.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha sibh gu math cinnteach co-dhiù.</p>	<p>Boy/Girl: Well, you do seem very sure.</p>

<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha creideamh agam. Mar iomadh Muslamach, bidh mi a' cur mo chreideimh an gnìomh. 'S ann airson sin a tha mi a' lìonadh na làraidh. Ach ged nach biodh mo chreideamh-sa agad, faodaidh tu fhathast daoine ann an èiginn a chuideachadh. Dè tha thu a' dèanamh airson cuideachadh?</p>	<p>Islamic Relief worker: I am a believer. And, like many Muslims, I put my beliefs into action. That is why I'm here today, loading up this lorry. But, even if you don't share my faith, you can still do something to help the people affected by the disaster. Tell me, what are you doing to help?</p>
<p>Balach/Nighean: Dh'haodainn airgead a thoirt dhan iomairt.</p>	<p>Boy/Girl: I could make a donation to the disaster relief.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Bhiodh sin math. Ach ma tha thu a' dol a dhèanamh sin, bu toigh leam bhidio a shealltainn. Tha i a' sealltainn Islamic Relief ag obair. Gheibh sibh beachd nas fheàrr air na tha sinn a' dèanamh.</p>	<p>Islamic Relief worker: Well, that would be great. But if you're going to do that, I'd like to show you a video. It shows Islamic Relief in action. Do you want to see it?</p>
<p>Balach/Nighean: Glè mhath.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, please.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha mi an dòchas gun tug siud tuigse mun obair againn. Ged a chòrd an còmhradh rium, feumaidh mi cumail orm. Tha mi cinnteach gu bheil daoine eile a dh'innseas rudan dhut. Thalla is tadhail orrasan, mura do rinn thu sin roimhe. Agus cuimhnich gun dèan thu fiamh-ghàire ris an tè a tha a' coimhead na mara. Cha chreid mi nach b' fheàirrd' i e. 'S dòcha gun toir i dhut duais airson a bhith carthannach.</p>	<p>Islamic Relief worker: I hope that has given you an insight into our work. Now, although I have enjoyed our talk, I must get on. I'm sure there are others with much to tell you, so go and spend time with them, if you haven't already done so. Oh, and don't forget to give a smile to that girl sitting staring out to sea. She looks in need of one and perhaps, if you do, she will reward your act of charity.</p>

Còmhradh 3 leis an Fhear le na Notaichean (Muslimach)

<p>Neach-obrach Islamic Relief: Halò a-rithist. 'S math gun tàinig thu. Tha mi airson m' anail a leigeil greis!</p>	<p>Islamic Relief worker: Hello again. I'm glad you came along. I could do with a break from loading this lorry!</p>
<p>Balach/Nighean: Cuimhnich dhomh dè tha sibh a' cur dhan làraidh?</p>	<p>Boy/Girl: Remind me what you're loading.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha sinn ga liònadh le stuthan airson Islamic Relief. Tha mionaid no dhà agam airson bruidhinn, ach sin uile. Mar as luate a gheibh sinn an làraidh air falbh dhan sgìre èiginnich, 's ann as fheàrr.</p>	<p>Islamic Relief worker: We're loading it with supplies for Islamic Relief. I do have a couple of minutes to talk, but I can't be too long. The sooner we can get this lorry on its way to the disaster area, the better.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè th' ann an Islamic Relief?</p>	<p>Boy/Girl: What's Islamic Relief?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S e buidheann cobhair à Breatainn a th' ann an Islamic Relief. Thòisich e le fichead sgillinn bho bhalach beag, ach bidh iad a-nis a' cuideachadh nan daoine as bochda air an t-saoghal. Tha mise san aonad èiginn, agus bidh sinn a' cur cobhair cho luath 's a ghabhas gu daoine a bhios a' fulang air sgàth mòr-thubaist.</p>	<p>Islamic Relief worker: Islamic Relief is a British aid agency. It started with a 20p donation from a young boy, but now it provides help to the world's poorest people. I'm part of the emergency response unit and we get supplies out to the victims of a disaster as quickly as we can.</p>
<p>Balach/Nighean: Mas e Islamic Relief a th' ann, an e dìreach Muslamaich a bhios e a' cuideachadh?</p>	<p>Boy/Girl: If you're called Islamic Relief, does that mean that you only help Muslims?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha Muslamaich a' creidsinn gun do chruthaich Allah an saoghal agus gu bheil daoine nan khalifahs – nan urrasairean – a bhios a' cumail suas ceartas agus sìth eadar daoine agus an còrr dhen chruthachadh. Mar sin, feumaidh sinn a bhith ri carthannas agus cuideachadh far am bi fulang, ge bith dè an creideamh a th' aig an neach a tha a' fulang.</p>	<p>Islamic Relief worker: As Muslims, we believe that Allah created the world and that he appointed human beings as his khalifahs - his trustees - to maintain justice and harmony between all humans and the rest of creation. To do this we must be charitable and respond to suffering wherever we find it, no matter what the beliefs of the sufferer.</p>

Balach/Nighean: Mar sin tha Muslamaich nan nàbaidhean math dhan h-uile duine. An e sin e?	Boy/Girl: So Muslims like you are being good neighbours to everyone. Is that the idea?
Neach-obrach Islamic Relief: Ma tha nàbaidhean nach eil nam Muslamaich a' cur feum air cobhair, gheibh iad sin. Tha am Fàidh Muhammad, sìth gun robh dha, a' teagasc sin agus sin a tha Allah ag iarraidh, agus bidh mi a' dèanamh toil Allah. Agus nach eil mi ceart?	Islamic Relief worker: If our non-Muslim neighbours need our help, then they will receive it. The Prophet Muhammad, peace be upon him, teaches us that this is what Allah wants, and I bow to Allah's will. Am I not right to do so?
Balach/Nighean: Ach dè mu dhaoine nach eil nam Muslamaich? Carson a chuidicheadh iad daoine a tha?	Boy/Girl: Yes, but what about people who aren't Muslims? Why should they help people who are?
Neach-obrach Islamic Relief: Oir tha sinn uile nar coimhearsnaich. Nam biodh tu fhèin a' fulang ann am mòr-thubaist, bhiodh tu ag iarraidh cuideachadh. Am biodh dragh agad dè an creideamh a bh' aig na daoine? Am biodh e gu diofar?	Islamic Relief worker: Because we are all neighbours. If you were caught up in a disaster, wouldn't you want someone to help you? Would you care if they were the same religion as you? Would it matter?
Balach/Nighean: Tha mi cinnteach nach biodh.	Boy/Girl: I guess not.
Neach-obrach Islamic Relief: Bu toigh leam bhidio a shealltainn dhut. Tha i a' sealltainn Islamic Relief ag obair. Gheibh thu beachd nas fheàrr air na tha sinn a' dèanamh.	Islamic Relief worker: Look, I'd like to show you this video. It shows Islamic Relief in action. Why don't you watch it? It will give you a clearer picture of what we do and what we're all about.
Balach/Nighean: Glè mhath.	Boy/Girl: OK, I will.
Neach-obrach Islamic Relief: Tha mi an dòchas gun tug siud tuigse mun obair againn. Ged a chòrd an còmhradh rium, feumaidh mi cumail orm. Tha mi cinnteach gu bheil daoine eile a dh'innseas rudan dhut. Thalla is tadhail orrasan, mura do rinn thu sin roimhe. Agus cuimhnich gun dèan thu fiamh-ghàire ris an tè a tha a'	Islamic Relief worker: I hope that has given you an insight into our work. Now, although I have enjoyed our talk, I must get on. I'm sure there are others with much to tell you, so go and spend time with them, if you haven't already done so. Oh, and don't forget to give a smile to that girl sitting staring out to sea. She looks in

coimhead na mara. Cha chreid mi nach
b' fheàirrd' i e. 'S dòcha gun toir i dhut
duais airson a bhith carthannach.

need of one and perhaps, if you do, she
will reward your act of charity.

Còmhradh 4 leis an Fhear le na Notaichean (Muslamach)

<p>Neach-obrach Islamic Relief: Halò a-rithist. 'S math gun tàinig thu. Tha mi airson m' anail a leigeil greis!</p>	<p>Islamic Relief worker: Hello again. I'm glad you came along. I could do with a break from loading this lorry!</p>
<p>Balach/Nighean: Cuimhnich dhomh dè tha sibh a' cur dhan làraidh?</p>	<p>Boy/Girl: Remind me what you're loading.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha sinn ga liònadh le stuthan airson Islamic Relief. Tha mionaid no dhà agam airson bruidhinn, ach sin uile. Mar as luate a gheibh sinn an làraidh air falbh dhan sgìre èiginnich, 's ann as fheàrr.</p>	<p>Islamic Relief worker: We're loading it with supplies for Islamic Relief. I do have a couple of minutes to talk, but I can't be too long. The sooner we can get this lorry on its way to the disaster area, the better.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè th' ann an Islamic Relief?</p>	<p>Boy/Girl: What's Islamic Relief?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S e buidheann cobhair à Breatainn a th' ann an Islamic Relief. Thòisich e le fichead sgillinn bho bhalach beag, ach bidh iad a-nis a' cuideachadh nan daoine as bochda air an t-saoghal. Tha mise san aonad èiginn, agus bidh sinn a' cur cobhair cho luath 's a ghabhas gu daoine a bhios a' fulang air sgàth mòr-thubaist.</p>	<p>Islamic Relief worker: Islamic Relief is a British aid agency. It started with a 20p donation from a young boy, but now it provides help to the world's poorest people. I'm part of the emergency response unit and we get supplies out to the victims of a disaster as quickly as we can.</p>
<p>Balach/Nighean: Nach fheum sibh na milleanan a chosg nuair a bhios èiginn mhòr ann?</p>	<p>Boy/Girl: Don't you need millions of pounds to cope with a disaster?</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha, ach le coibhneas dhaoine mar a' bhalaich bhig ud, tha airgead againn a-nis a chuidicheas – ged nach eil gu leòr ann. Tha mòr-thubaistean ann cho tric. Sin mar a tha an saoghal. Ach bidh Allah gar brosnachadh gu bhith a' cuideachadh dhaoine ann an èis.</p>	<p>Islamic Relief worker: Yes, but thanks to the generosity of people like the boy, we now have the money to help - although, sadly, it's never enough. There are always catastrophes. It's how the world is. But Allah gives us the inspiration to reach out our hands to people in need.</p>
<p>Balach/Nighean: Carson nach bi dhaoine a' toirt airgead do charthannas ach nuair a thachras</p>	<p>Boy/Girl: Why is it that people only give to charity when something terrible</p>

rud eagalach?	happens?
Neach-obrach Islamic Relief: Bidh cuid a' toirt seachad fad na h-ùine, ach bidh mòr-thubaist a' glacadh aire dhaoine. An robh fios agad gu bheil Muslamaich air am brosnachadh gu bhith ri obair carthannais? 'S e zakah fear de chòig charraighean Islam. Tha sin a' ciallachadh a bhith a' toirt airgead do charthannas gach bliadhna.	Islamic Relief worker: Actually, some people give all the time, but a big disaster gets everybody's attention. Did you know that Muslims are constantly encouraged to perform charitable actions? One of the 'five pillars' of Islam is called zakah, which means making a payment of money to charity each year.
Balach/Nighean: Tha sin math. Ach dè th' ann an carraigh Islam?	Boy/Girl: That's good. But what's a pillar of Islam?
Neach-obrach Islamic Relief: 'S e na 'còig carraighean' còig rudan a dh'fheumas gach Muslamic a dhèanamh. A' chiad fhear nach eil ach aon dia ann Allah agus gur e Muhammad (sìth gun robh dha) a theachdaire. 'S e na ceithir eile a bhith ag ùrnaigh còig tursan gach latha; toirt do charthannas; a dhol air taisteach gu Makkah aon turas nar beatha co-dhiù; agus trasgadh rè mòs Ramadan.	Islamic Relief worker: The 'five pillars' are five things that all Muslims must do. The first is to say that there is only one god, Allah, and that Muhammad (peace be upon him) is his messenger. The other four 'pillars' are to pray five times each day; to give to charity; to go on a pilgrimage to Makkah at least once in our lives; and to fast during the month of Ramadan.
Balach/Nighean: Dè am fear as cudromaiche?	Boy/Girl: And which of those is the most important?
Neach-obrach Islamic Relief: 'S e creideamh ann an Allah as cudromaiche, a chionn 's gu bheil a h-uile càil a' tighinn on sin. Ma tha thu a' creidsinn ann an Allah, feumaidh do bheatha a bhith a rèir sin. Tha e cho sìmplidh sin.	Islamic Relief worker: To have faith in Allah is the most important thing, because everything else follows on from that. If you believe in Allah, then you must live your life accordingly. It's as simple as that.
Balach/Nighean: Tha dhuibhse, ach chan eil creideamh cho làidir aig a h-uile duine.	Boy/Girl: It may be simple for you, but not everyone has your faith.
Neach-obrach Islamic Relief: Ach tha sùilean agus cluasan air a h-uile duine leis am faic is an cluinn iad. Ma tha fios agad gu bheil duine ann an trioblaid, feumaidh tu a chuideachadh,	Islamic Relief worker: No, but everyone has eyes to see and ears to hear. If you know someone is in trouble, then, no matter what you believe, you must help that person. It's

<p>ge bith dè tha thu a' creidsinn. Chan eil an sin ach daonnachd nàdarra. Tha sinn uile nar daoine, nach eil?</p>	<p>common humanity. We are all human, aren't we?</p>
<p>Balach/Nighean: B' fheàrr leam gun robh fios 'am air barrachd dhe na bhios Muslamaich a' dèanamh gus daoine a chuideachadh.</p>	<p>Boy/Girl: That's a fair point. But I wish I knew more about what Muslims do to help others.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Bu toigh leam bhidio a shealltainn dhut. Tha i a' sealltainn Islamic Relief ag obair. Gheibh thu beachd nas fheàrr air na tha sinn a' dèanamh.</p>	<p>Islamic Relief worker: Look, I'd like to show you this video. It shows Islamic Relief in action. It will give you a clearer picture of what we do and what we're all about.</p>
<p>Balach/Nighean: Glè mhath.</p>	<p>Boy/Girl: OK, I will.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: Tha mi an dòchas gun tug siud tuigse mun obair againn. Ged a chòrd an còmhradh rium, feumaidh mi cumail orm. Tha mi cinnteach gu bheil daoine eile a dh'innseas rudan dhut. Thalla is tadhail orrasan, mura do rinn thu sin roimhe. Agus cuimhnich gun dèan thu fiamh-ghàire ris an tè a tha a' coimhead na mara. Cha chreid mi nach b' fheàirrd' i e. 'S dòcha gun toir i dhut duais airson a bhith carthannach.</p>	<p>Islamic Relief worker: I hope that has given you an insight into our work. Now, although I have enjoyed our talk, I must get on. I'm sure there are others with much to tell you, so go and spend time with them, if you haven't already done so. Oh, and don't forget to give a smile to that girl sitting staring out to sea. She looks in need of one and perhaps, if you do, she will reward your act of charity.</p>

Còmhradh 5 leis an Fhear le na Notaichean (Muslimach)

Neach-obrach Islamic Relief: Halò a-rithist. 'S math gun tàinig thu. Tha mi airson m' anail a leigeil greis!	Islamic Relief worker: Hello again. I'm glad you came along. I could do with a break from loading this lorry!
Balach/Nighean: Cuimhnich dhomh dè tha sibh a' cur dhan làraidh?	Boy/Girl: Remind me what you're loading.
Neach-obrach Islamic Relief: Tha sinn ga lìonadh le stuthan airson Islamic Relief. Tha mionaid no dhà agam airson bruidhinn, ach sin uile. Mar as luaithe a gheibh sinn an làraidh air falbh dhan sgìre èiginnich, 's ann as fheàrr.	Islamic Relief worker: We're loading it with supplies for Islamic Relief. I do have a couple of minutes to talk, but I can't be too long. The sooner we can get this lorry on its way to the disaster area, the better.
Balach/Nighean: Dè th' ann an Islamic Relief?	Boy/Girl: What's Islamic Relief?
Neach-obrach Islamic Relief: 'S e buidheann cobhair à Breatainn a th' ann an Islamic Relief. Thòisich e le fichead sgillinn bho bhalach beag, ach bidh iad a-nis a' cuideachadh nan daoine as bochda air an t-saoghal. Tha mise san aonad èiginn, agus bidh sinn a' cur cobhair cho luath 's a ghabhas gu daoine a bhios a' fulang air sgàth mòr-thubaist.	Islamic Relief worker: Islamic Relief is a British aid agency. It started with a 20p donation from a young boy, but now it provides help to the world's poorest people. I'm part of the emergency response unit and we get supplies out to the victim s of a disaster as quickly as we can.
Balach/Nighean: Nach fheum sibh na milleanan a chosg nuair a bhios èiginn mhòr ann?	Boy/Girl: Don't you need millions of pounds to cope with a disaster?
Neach-obrach Islamic Relief: Tha, ach le coibhneas dhaoine mar a' bhalaich bhig ud, tha airgead againn a-nis a chuidicheas – ged nach eil gu leòr ann. Tha mòr-thubaisteann ann cho tric. Sin mar a tha an saoghal. Ach bidh Allah gar brosnachadh gu bhith a' cuideachadh dhaoine ann an èis.	Islamic Relief worker: Yes, but thanks to the generosity of people like the boy, we now have the money to help - although, sadly, it's never enough. There are always catastrophes . It's how the world is. But Allah gives us the inspiration to reach out our hands to people in need.
Balach/Nighean: Carson nach bi daoine a' toirt airgead do charthannas ach nuair a thachras	Boy/Girl: Why is it that people only give to charity when something terrible

rud eagalach?	happens?
Neach-obrach Islamic Relief: Bidh cuid a' toirt seachad fad na h-ùine, ach bidh mòr-thubaist a' glacadh aire dhaoine. An robh fios agad gu bheil Muslamaich air am brosnachadh gu bhith ri obair carthannais? 'S e zakah fear de chòig charraighean Islam. Tha sin a' ciallachadh a bhith a' toirt airgead do charthannas gach bliadhna.	Islamic Relief worker: Actually, some people give all the time, but a big disaster gets everybody's attention. Did you know that Muslims are constantly encouraged to perform charitable actions? One of the 'five pillars' of Islam is called zakah , which means making a payment of money to charity each year.
Balach/Nighean: Dè mura toir Muslamaich airgead do charthannas?	Boy/Girl: What happens if Muslims don't make donations to charity?
Neach-obrach Islamic Relief: Chan eil iad a' leantainn faclan Allah , mar a tha iad sa Qur'an , agus tha iad ann an cunnart a dhol a dh-al-Jahannam nuair a bhàsaicheas iad.	Islamic Relief worker: Then they are not following the words of Allah , as revealed in the holy Qur'an , and they are at risk of going to al-Jahannam when they die.
Balach/Nighean: Dè th' ann an al-Jahannam? Cuiridh mi geall nach e àite math a th' ann.	Boy/Girl: What's al-Jahannam? I bet it's nowhere nice.
Neach-obrach Islamic Relief: Tha thu ceart. 'S e àite oillteil a th' ann. Ach cha leig a leas eagal a bhith air duine roimhe ach air daoine olc. Ma dh'èisteas iad ris a' Qur'an agus na thuirt am Fàidh Muhammad , sìth gun robh dha, agus gum bi iad beò mar a tha Allah ag iarraidh, gheibh iad an duais cheart nuair a bhàsaicheas iad.	Islamic Relief worker: You're right. It's a horrible place. But only people who do evil need fear it. And if they take notice of the Qur'an and the sayings of the Prophet Muhammad , peace be upon him, and live their lives as Allah wants, then they too will find their true reward in the next life.
Balach/Nighean: Ach dè mun bheatha seo? Dè 's urrainn dhuinn a dhèanamh airson cuideachadh?	Boy/Girl: But what about this life? What can any of us do to make a difference now?
Neach-obrach Islamic Relief: Bu toigh leam bhidio a shealltainn dhut. Tha i a' sealltainn Islamic Relief ag obair. Gheibh thu beachd nas fheàrr air na tha sinn a' dèanamh.	Islamic Relief worker: Look, I'd like to show you this video. It shows Islamic Relief in action. Why don't you watch it? It will give you a clearer picture of what we do and what we're all about.

<p>Balach/Nighean: Chan eil mi airson fhaicinn, tapadh leat.</p>	<p>Boy/Girl: No, thanks.</p>
<p>Neach-obrach Islamic Relief: 'S fheàrr dhomh falbh ma-thà. Tha daoine nan èiginn a' feitheamh airson biadh, plaideachan, teantaichean agus iocshlaint agus feumaidh mi bhith cinnteach gum faigh iad sin. Carson nach bruidhinn thu ri daoine eile? Tha an nighean a tha a' coimhead na mara a' coimhead tùrsach. Ma nì thu fiamh-ghàire rithe, 's dòcha gun toir i dhut duais airson a bhith carthannach.</p>	<p>Islamic Relief worker: Very well. Now I must get on. There are desperate people who need these supplies of food, blankets, tents and medicine and it is my task to make sure they receive them. Why don't you go and find others to talk to? For instance, that girl sitting looking out to sea looks sad. Maybe if you go and give her a smile she will reward your act of charity.</p>

Còmhradh 1 leis an Tè a' Togail Sgudal (Iùdhach)

<p>Tè a' Togail Sgudal: Chan eil e furasta a bhith a' togail sgudal mar seo on tràigh. Tha e doirbh a chreidsinn na tha de sgudal an seo. Tha e mar gun robh co-fharpais aig daoine airson feuchainn cò bu mhotha a dh'fhàgadh de sgudal air a' ghainmhich.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: It's hard work trying to clear the beach of all this debris! I can't believe the amount of rubbish that ends up here. It's as if people have been having a 'let's see how much garbage we can chuck on the sand' competition.</p>
<p>Balach/Nighean: Ma tha an obair cho doirbh, carson a tha sibh ga dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: If it's such hard work, why are you doing it?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nuair a bha mise òg, bhithinn fhèin agus an teaghlaich a' tighinn an seo airson picnic. Bhriseadh e an cridhe mar a tha e a-nis. Mar sin bha mi dhen bheachd gum bu chòir rudeigin a dhèanamh. Agus seach nach eil daoine airson a dhèanamh gu saor-thoileach, smaoinich mi, "Siuthad fhèin, a nighean, dèan e." Agus seo mi.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: When I was a kid, my folks used to bring me here for picnics every summer. It would break their hearts to see the beach in this state. So I figured that it was time someone did something about it. And, as people aren't exactly queueing up to volunteer for the job, I thought, 'Well, girl, it looks like it's going to have to be you.' So here I am.</p>
<p>Balach/Nighean: Agus tha sibh nur fallas ag obair, agus a' glanadh bùrach a rinn daoine eile, air sgàth seann chuimhneachain?</p>	<p>Boy/Girl: Do you mean that you're working up a sweat, clearing up other people's mess, just because of some old memories?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha barrachd air an sin ann. Tha mi ag ionnsachadh tòrr on Torah, an teagast a thug Dia dha na daoine tro Mhaois. Bho laghan Dhè, tha fios againn gum feum sinn an aire a thoirt air an àrainneachd. Chruthaich Dia an saoghal, thug E dhuinne e, agus chan eil E airson gum mill sinn e.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: No, it's more than that. I learn a lot from the Torah, the teaching that God gave to his people through Moses. From God's laws, we know that we should look after the environment. God created this world and gave it to us and he doesn't want us to wreck it.</p>
<p>Balach/Nighean: Chan eil mi a' creidsinn ann an Dia, ach tha mi fhathast a' creidsinn gum feum sinn an aire a thoirt air a' phlanaid.</p>	<p>Boy/Girl: I don't believe in God, but I still think we don't have any choice but to care for the planet.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha mi ag aontachadh riut. Chan e dìreach Iùdhach chràbhach a tha a'</p>	<p>Woman Cleaning Litter: I agree with you. It's not just religious Jews who believe people must look</p>

creidsinn gum feum sinn coimhead às dèidh na planaid. Co-dhiù, feumaidh mi cumail orm leis an obair.	after the planet. Anyway, I must get on with this task.
Balach/Nighean: Ach carson as e ar n-obair-sa a th' ann a bhith a' togail sgudal?	Boy/Girl: OK, but why is it your job to be a rubbish collector?
Tè a' Togail Sgudal: Gun a bhith a' feuchainn ri bhith ro throm, tha mise a' creidsinn gun do dhàithn Dia dha na h-Iùdhaich an aire a thoirt air an àrainneachd, agus mura dèan sinn sin, bidh rud ann!	Woman Cleaning Litter: At the risk of sounding heavy, I believe that God commanded Jewish people to care for the environment and, if we don't, then we are asking for trouble.
Balach/Nighean: A bheil sibh a' creidsinn gu bheil Dia dìreach ag iarraidh air Iùdhaich mar sibh pèin a bhith a' toirt an aire air an àrainneachd?	Boy/Girl: So, do you believe that God just wants Jewish people like you to care for the environment?
Tè a' Togail Sgudal: Tha daoine dhen h-uile creideamh, agus gun chreideamh idir, air an talamh còmhla. Mar sin feumaidh sinn uile a bhith a' coimhead às a dhèidh. Mhìnich na rabbis - a bhios a' teagasc laghan Dhè - dè tha 'Tikkun Olam' a' ciallachadh ann an Eabhras. Tha e a' ciallachadh gu bheil dleastanas oirnn seasamh airson ceartas agus feuchainn ris an saoghal a shlànachadh.	Woman Cleaning Litter: No. People of all faiths and none share the earth, so we've all got to look after it. Our rabbis - who teach us God's laws - have explained what, in Hebrew, is called 'Tikkun Olam'. It means we have a duty to stand up for justice and to try to heal the world.
Balach/Nighean: Cha robh fios 'am gun robh an saoghal tinn.	Boy/Girl: I didn't know the world was ill.
Tè a' Togail Sgudal: Nam biodh am pathadh agus an t-acras ort agus gun toirinn dhut uisge glan ri òl agus biadh math ri ithe, an cuireadh tu puinnsean annta? Gu dearbha cha chuireadh. Mar sin carson a bhiodh tu ag iarraidh an saoghal a thug Dia dhuinn mar thiodhlac a phuinnseanachadh?	Woman Cleaning Litter: If you were thirsty and hungry and I gave you fresh water to drink and good food to eat, would you put poison in them? Of course you wouldn't. So why should you want to poison God's gift of the world by polluting it?
Balach/Nighean: Fuirich mionaid! Cha leig sibh leas a	Boy/Girl: Hang on! Don't have a go at me! I'm

<p>bhith ag obair ormsa! Chan eil mise a' truailleadh càil.</p>	<p>not polluting anything.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Uill, tha mi a' dèanamh mo dhìcheall agus cha dèan duine barrachd air an sin. Ach nan dèanadh a h-uile duine oidhrip bheag, nuair a chuireadh sinn a h-uile oidhrip bheag còmhla, dhèanadh e diofar mòr. Cò aig tha fios? 'S dòcha gun sàbhail sinn an saoghal!</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Well, I'm trying my best and that's all anyone can do. But I think if everyone makes a small effort then, when all those little efforts are put together, it will make a big difference. You never know. We might even save the world!</p>
<p>Balach/Nighean: Ach chan eil annamsa ach pàiste. Dè nì mise?</p>	<p>Boy/Girl: But I'm only a kid. What can I do?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nì gu leòr. Agus chan eil thu ro òg tòiseachadh! Tha film agam mu chlann Iùdhach a tha a' toirt an aire air an àrainneachd, agus carson a tha e cudromach. Am bu toigh leat a choimhead?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Actually, there are plenty of things you can do to make a difference. And you are never too young to start! Look, I have a film of some Jewish children talking about the environment and why it matters that we take care of it. Would you like to see it?</p>
<p>Balach/Nighean: Cha bu toigh, tapadh leibh.</p>	<p>Boy/Girl: No, thanks.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: OK. Ach tha an ùine a' ruith. Tha mis' a' dèanamh nas urrainn dhomh gus an àrainneachd a ghlanadh. Tha agus na milleanan eile. Ach mura dèan a h-uile duine againn rud gu math luath, tha cunnart ann gun caill sinn an saoghal brèagha, gorm seo. Bu chòir dhut smaoineachadh mun sin mus bi e ro fhadalach.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. But the clock is ticking. I'm doing what I can to clean up the environment. So are millions of others. But unless we all do something quickly, we are in danger of losing this green and beautiful world. You should think about that and do something about it before it's too late.</p>
<p>Balach/Nighean: OK, ach cha toigh leam duine a bhith ag innse dhomh dè nì mi.</p>	<p>Boy/Girl: OK, but I don't like being told what to do.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Dè tha thu a' dol a dhèanamh?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: That's brilliant! So what are you going to do?</p>
<p>Balach/Nighean: Cuiridh mi dheth an coimpiutair agus</p>	<p>Boy/Girl: I'm going to switch off my TV and</p>

<p>an Tbh, an àite iad a bhith aig tàmh.</p>	<p>computer, instead of leaving them on standby.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Sàbhalaidh sin lùth agus cha bhi uiread de ghas taigh-glainne a' dol dhan àile. 'S fheàrr dhomh cumail orm mus tig an làn a-steach agus gum falbh an sgudal a-mach gu muir. Ach 's dòcha gu bheil daoine eile ann a bhruidhneas mun àrainneachd. Bruidhinn riutha, mura do rinn thu sin. Agus cuimhnich gun till thu chun na tè san t-seann shuidheachan càir. 'S dòcha gum bi rudeigin aice dhut.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Excellent! That will save energy and mean less greenhouse gas gets into the atmosphere. Now I had better get on here before the tide comes in and washes the rubbish out to sea. But maybe there are other people about who've got something to say about the state of the environment. Have a chat to them if you haven't already. And don't forget to go and see that girl in the old car seat. I think she may have something for you.</p>

Còmhradh 2 leis an Tè a' Togail Sgudal (Iùdhach)

<p>Tè a' Togail Sgudal: Chan eil e furasta a bhith a' togail sgudal mar seo on tràigh. Tha e doirbh a chreidsinn na tha de sgudal an seo. Tha e mar gun robh co-fharpais aig daoine airson feuchainn cò bu mhotha a dh'fhàgadh de sgudal air a' ghainmhich.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: It's hard work trying to clear the beach of all this debris! I can't believe the amount of rubbish that ends up here. It's as if people have been having a 'let's see how much garbage we can chuck on the sand' competition.</p>
<p>Balach/Nighean: Cha bhiodh sibh airson caisteal gainmhiche a thogail an seo, am biodh?</p>	<p>Boy/Girl: You wouldn't want to build sandcastles here, would you?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Cha bhiodh, mura biodh tu airson galar uabhasach a ghlacadh! Tha rudan oillteil air an tràigh seo. Cha bhiodh tu airson clann a bhith a' cluich an seo. Agus coma leat mu phollagan agus iasgach. Mharbh an truailleadh an fhiadh-bheatha gu lèir air a' phios seo dhen chladach.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Not unless you want to catch some horrible disease! There's some pretty nasty stuff on this beach. You really wouldn't want a kid to play here. And there's no point in rock pooling or fishing either. The pollution has killed off all the wildlife along this stretch of coast.</p>
<p>Balach/Nighean: 'S beag an t-iongnadh gun do dhùin bùth an èisg 's nan sliseagan.</p>	<p>Boy/Girl: No wonder the local fish and chip shop has closed.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Ceart! Agus bidh am baile gu lèir a' dùnadh a dh'aithghearr, mura tuig daoine gu bheil iad a' truailleadh na h-àrainneachd. Tha e dìreach cho ceàrr.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Right! And the whole village will be closing down soon, if the people who live here don't wake up to the fact that they are polluting their environment. And that is just so wrong.</p>
<p>Balach/Nighean: Hmm... Cha chreid mi nach eil an truailleadh tha seo air ar dèanamh searbh!</p>	<p>Boy/Girl: Hmm... It sounds as if this pollution business has made you a bit cheesed off.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha barrachd air an sin ann. Tha mi ag ionnsachadh tòrr on Torah, an teagasg a thug Dia dha na daoine tro Mhaois. Bho laghan Dhè, tha fios againn gum feum sinn an aire a thoirt air an àrainneachd. Chruthaich Dia an saoghal, thug E dhuinne e, agus chan eil E airson gum mill sinn e.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: No, it's more than that. I learn a lot from the Torah, the teaching that God gave to his people through Moses. From God's laws, we know that we should look after the environment. God created this world and gave it to us and he doesn't want us to wreck it.</p>

<p>Balach/Nighean: An e Iùdhach a th' annaibh ma-thà? A bheil sin a' ciallachadh nach eil roghainn agaibh ach an aire a thoirt air a' phlanaid?</p>	<p>Boy/Girl: Are you Jewish then? Does that mean that you don't have any choice but to care for the planet?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha roghainn agam, ach ma mhilleas mi a' phlanaid, bidh mi a' dol an aghaidh laghan Dhè.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Well, I do have a choice but, if I damage the planet, I think I'll be going against God's laws.</p>
<p>Balach/Nighean: Càit an d' fhuair sibh na laghan sin ma-thà?</p>	<p>Boy/Girl: OK, fair enough. Where do you get these laws from?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Bidh sinn gan leughadh anns an Tenakh – sin am Bioball Iùdhach. Bidh sinn a' leughadh tron Torah gu lèir gach bliadhna. Bidh sin a' cuimhneachadh dhuinn laghan Dhè airson nan daoine aige. Ach chan fheum thu a bhith nad Iùdhach airson uallach a bhith ort mu staid an t-saoghail. Thug Dia dhuinn eanchainn agus neart gus coimhead às dèidh an t-saoghail.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: We Jews read them in the Tenakh - that's the Jewish Bible - and we read through the complete Torah every year which reminds us of God's laws for his people. But you don't have to be Jewish to care about the fate of the world. God has given us all the brains and strength to look after the world for him.</p>
<p>Balach/Nighean: Carson a dh'fheumas Dia daoine airson obair a dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: Why does God need humans to do his job for him?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Uaireannan bidh sinn a' cleachdadh an fhacail 'stiùbhardan'. Sna seann làithean, b' e na stiùbhardan a bhiodh a' coimhead às dèidh taigh agus fearann am maighstir nuair a bha e air falbh. Sin a tha Iùdhaich dhe mo leithid-sa a' feuchainn ri dhèanamh. Tha sinn a' toirt an aire air saoghal Dhè gus an tig an t-àm a nì E ath-chruthachadh air Gàrradh Eden agus a leigeas E leinn fuireach ann a-rithist.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Sometimes we use the word 'stewards'. In olden times, stewards were people who looked after a lord's home and land while he was away. That's what Jewish people like me are trying to do. We are managing God's world until he decides that the time has come to re-create the Garden of Eden and let us all live there again.</p>
<p>Balach/Nighean: Cha chreid mi nach eil an deagh chuid agaibh ri dhèanamh mus dèan sibh Gàrradh Eden dhen àite seo.</p>	<p>Boy/Girl: I think you've got a lot to do if you are hoping to turn this place into the Garden of Eden!</p>

<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha a h-uile càil comasach do Dhia. Ach gus an tig an latha, cumaidh mi orm a' dèanamh nas urrainn dhomh. Agus bheil fhius agad air an seo? Bhiodh e math nan cuidicheadh tu mi. No a bheil thu ag ràdh nach eil am bùrach seo a' dèanamh dragh sam bith dhut?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: To God, all things are possible. But until the day he comes, I'll keep on doing what I can. And you know what? It would be nice if you rolled up your sleeves and helped me. Or doesn't the sight of all this mess bother you?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha, ach chan eil annam ach pàiste. Tha fios aig a h-uile duine nach urrainn do chlann càil a dhèanamh mun bhùrach a rinn inbhich.</p>	<p>Boy/Girl: It does, but I'm only a kid. Everybody knows that kids can't do anything about the mess that adults have made.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nì gu leòr. Agus chan eil thu ro òg töiseachadh! Tha film agam mu chlann Iùdhach a tha a' toirt an aire air an àrainneachd, agus carson a tha e cudromach. Am bu toigh leat a choimhead?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Actually, there are plenty of things you can do to make a difference. And you are never too young to start! Look, I have a film of some Jewish children talking about the environment and why it matters that we take care of it. Would you like to see it?</p>
<p>Balach/Nighean: Bhiodh sin math.</p>	<p>Boy/Girl: OK. I'd like to hear what they have to say.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Dè do bheachd ma-thà? 'S e clann a th' annta agus tha tòrr aca ri ràdh mun àrainneachd.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. What do you think? They are kids like you and they've got loads to say about the environment.</p>
<p>Balach/Nighean: Bha ciall sna bha iad ag ràdh. Tha tòrr ann as urrainn dhomh a dhèanamh airson sabaid an aghaidh truailleadh.</p>	<p>Boy/Girl: They talked a lot of sense. I reckon I can do lots of things to help fight pollution.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Dè tha thu a' dol a dhèanamh?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: That's brilliant! So what are you going to do?</p>
<p>Balach/Nighean: Chan eil mi gu bhith a' sadail sgudal, no a' dèanamh graffiti no a' ceannach stuth le tòrr còmhach air.</p>	<p>Boy/Girl: I'm not going to drop litter or spray graffiti or buy things with loads of fancy packaging.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Beachdan sgoinneil! 'S fheàrr dhomh</p>	<p>Woman Cleaning Litter: They're terrific ideas! Now I had better</p>

feuchainn ris an tràigh seo a ghlanadh
mus tig an làn a-steach. Ach 's dòcha
gu bheil daoine eile ann a bhruidhneas
mu staid an àite seo. Dh'fhaodadh tu
bruidhinn riutha, mura do rinn thu sin.
Agus cuimhnich gun till thu chun na tè
san t-seann shuidheachan càir.
'S dòcha gum bi rudeigin aice dhut.

get on here and try to finish clearing
this beach up before the tide comes in.
But maybe there are other people
around here who've got something to
say about the state of this place. You
could talk to them if you haven't
already. And don't forget to go back
and see that girl in the old car seat. I
think she may have something for you.

Còmhradh 3 leis an Tè a' Togail Sgudal (Iùdhach)

<p>Tè a' Togail Sgudal: Halò a-rihist! Tha mi fhathast a' feuchainn ri sgudal a ghlanadh far na tràghad seo. Chan urrainn dhomh a chreidsinn na tha de sgudal an seo. Tha e mar gun robh co-fharpais aig daoine airson feuchainn cò bu mhatha a dh'fhàgadh de sgudal air a' ghainmhich.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Hello again! I'm still trying hard to clear the beach of all this debris. I can't believe the amount of rubbish that ends up here. It's as if people have been having a 'let's see how much garbage we can chuck on the sand' competition.</p>
<p>Balach/Nighean: Cha bhiodh sibh airson caisteal a thogail sa ghainmhich an seo, am biodh?</p>	<p>Boy/Girl: You wouldn't want to build sandcastles here, would you?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Cha bhiodh, mura biodh tu airson galar uabhasach a ghlacadh! Tha rudan oillteil air an tràigh seo. Cha bhiodh tu airson clann a bhith a' cluich an seo. Agus coma leat mu phollagan agus iasgach. Mharbh an truailleadh an fhiadh-bheatha gu lèir air a' phìos seo dhen chladach.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Not unless you want to catch some horrible disease! There's some pretty nasty stuff on this beach. You really wouldn't want a kid to play here. And there's no point in rock pooling or fishing either. The pollution has killed off all the wildlife along this stretch of coast.</p>
<p>Balach/Nighean: 'S beag an t-iomgnadh gun do dhùin bùth an èisg 's nan sliseagan.</p>	<p>Boy/Girl: No wonder the local fish and chip shop has closed.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Ceart! Agus bidh am baile gu lèir a' dùnadh a dh'aithghearr, mura tuig daoine gu bheil iad a' truailleadh na h-àrainneachd. Tha e dìreach cho ceàrr.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Right! And the whole village will be closing down soon, if the people who live here don't wake up to the fact that they are polluting their environment. And that is just so wrong.</p>
<p>Balach/Nighean: Hmm... Cha chreid mi nach eil an truailleadh tha seo air ar dèanamh searbh!</p>	<p>Boy/Girl: Hmm... It sounds as if this pollution business has made you a bit cheesed off.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha barrachd air an sin ann. Tha mi ag ionnsachadh tòrr on Torah, an teagasg a thug Dia dha na daoine tro Mhaois. Bho laghan Dhè, tha fios againn gum feum sinn an aire a thoirt air an àrainneachd. Chruthaich Dia an</p>	<p>Woman Cleaning Litter: No, it's more than that. I learn a lot from the Torah, the teaching that God gave to his people through Moses. From God's laws, we know that we should look after the environment. God created this world and gave it to us and</p>

saoghal, thug E dhuinne e, agus chan eil E airson gum mill sinn e.	he doesn't want us to wreck it.
Balach/Nighean: An e Iùdhach a th' annaibh ma-thà? A bheil sin a' ciallachadh nach eil roghainn agaibh ach an aire a thoirt air a' phlanaid?	Boy/Girl: Are you Jewish then? Does that mean that you don't have any choice but to care for the planet?
Tè a' Togail Sgudal: Tha roghainn agam, ach ma mhilleas mi a' phlanaid, bidh mi a' dol an aghaidh laghan Dhè.	Woman Cleaning Litter: Well, I do have a choice but, if I damage the planet, I think I'll be going against God's laws.
Balach/Nighean: Càit an d' fhuair sibh na laghan sin ma-thà?	Boy/Girl: OK, fair enough. Where do you get these laws from?
Tè a' Togail Sgudal: Bidh sinn gan leughadh anns an Tenakh – sin am Bioball Iùdhach. Bidh sinn a' leughadh tron Torah gu lèir gach bliadhna. Bidh sin a' cuimhneachadh dhuinn laghan Dhè airson nan daoine aige. Ach chan fheum thu a bhith nad Iùdhach airson uallach a bhith ort mu staid an t-saoghail. Thug Dia dhuinn eanchainn agus neart gus coimhead às dèidh an t-saoghail.	Woman Cleaning Litter: We Jews read them in the Tenakh - that's the Jewish Bible - and we read through the complete Torah every year which reminds us of God's laws for his people. But you don't have to be Jewish to care about the fate of the world. God has given us all the brains and strength to look after the world for him.
Balach/Nighean: Ma thug Dia an saoghal do dhaoine, 's cinnteach nach urrainn dha innse dhuinn dè nì sinn ris. Tha e leinn a-nis.	Boy/Girl: If God gave humans the world, surely he can't tell us what to do with it. It's ours now.
Tè a' Togail Sgudal: Nam biodh am pathadh agus an t-acras ort agus gun toirinn dhut uisge glan ri òl agus biadh math ri ithe, an cuireadh tu puinnsean annta? Gu dearbha cha chuireadh. Mar sin carson a bhiodh tu ag iarraidh an saoghal a thug Dia dhuinn mar thiodhlac a phuinnseanachadh?	Woman Cleaning Litter: If you were thirsty and hungry and I gave you fresh water to drink and good food to eat, would you put poison in them? Of course you wouldn't. So why should you want to poison God's gift of the world by polluting it?
Balach/Nighean: Seall, tha factaraidhean agus càraichean agus rudan againn chionn 's gur ann mar sin a tha sinn airson a	Boy/Girl: Look, we have factories and cars and stuff because that's the way we want to live today. They cause pollution, but

<p>bhith beò a-nis. Tha iad ag adhbhrachadh truailleadh, ach sin a' phris airson beatha mhath. Agus tha airgead gu leòr againn.</p>	<p>that's the price we pay for living well. We can afford it.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha daoine ann an dùthchannan beairteach a' cosg stòrasan an t-saoghal sia tursan nas luaithe na daoine ann an dùthchannan bochd. Mar sin, 's e iadsan a tha a' pàigheadh na prìs – agus chan e sinne. Chan eil sin cothromach idir.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Sorry, but I don't think so. People in rich countries are using up the world's resources six times faster than people in poor countries. So they're paying the price - not us. And that's just not fair.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha sibh ceart. Chan eil e cothromach.</p>	<p>Boy/Girl: You're right. It isn't fair.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Chan eil. Tha 'Tikkun Olam' a' teagascg dha na h-Iùdhach gum chòir do dhaoine sabaid an aghaidh na tha céarr san t-saoghal – agus tha sin a' ciallachadh truailleadh cuideachd. Faodaidh sinn an t-seann bheachd a chur an sàs ann an suideachadh an latha an-diugh.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: No it isn't. The idea of 'Tikkun Olam' that we have been taught means that Jewish people are supposed to fight against everything bad that's happening in the world - and that includes trying to stop pollution. We can apply an old idea to the circumstances of the world today.</p>
<p>Balach/Nighean: An e sin a tha sibhse a' dèanamh? A bheil sibh a' smaoineachadh gum bi Dia toilichte leibh?</p>	<p>Boy/Girl: And that's what you're doing, right? Do you think God will be pleased with you?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Chan eil fhios agamsa air an sin. Ach le bhith ga dhèanamh, tha mi a' sealltainn do Dhia gu bheil mi a' gabhail fhacal gu cridhe. Sgrìobh rabbi glic, Iùdhach, dhen ainm Yehuda Levi, nach fhaod sinn seasamh air ais a' coimhead an t-saoghal ga sgrios. Mar sin, chan eil mi. A bheil thu fhèin?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: That's not for me to know. But, by doing this, I am showing God that I am taking his words to heart. A wise Jewish rabbi, a man called Yehuda Levi, has written that we must not stand aside and watch the world being destroyed. So I'm not. Are you?</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mise òg. Dè 's urrainn dhòmhsha a dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: Listen, I'm only a kid. There's nothing kids like me can do.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nì gu leòr. Agus chan eil thu ro òg tòiseachadh! Tha film agam mu chlann</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Actually, there are plenty of things you can do to make a difference. And you</p>

<p>Iùdhach a tha a' toirt an aire air an àrainneachd, agus carson a tha e cudromach. Am bu toigh leat a choimhead?</p>	<p>are never too young to start! Look, I have a film of some Jewish children talking about the environment and why it matters that we take care of it. Would you like to see it?</p>
<p>Balach/Nighean: Bhiodh sin math.</p>	<p>Boy/Girl: OK. I'd like to hear what they have to say.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Dè do bheachd ma-thà? 'S e clann a th' annta agus tha tòrr aca ri ràdh mun àrainneachd.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. What do you think? They are kids like you and they've got loads to say about the environment.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi fhathast a' dèanamh suas m' inntinn.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, they have, but I'm still making up my mind.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: OK. Ach tha an ùine a' ruith. Tha mis' a' dèanamh nas urrainn dhomh gus an àrainneachd a ghlanadh. Tha agus na milleanan eile. Ach mura dèan a h-uile duine againn rud gu math luath, tha cunnart ann gun caill sinn an saoghal brèagha, gorm seo. Bu chòir dhut smaoineachadh mun sin mus bi e ro fhadalach.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. But the clock is ticking. I'm doing what I can to clean up the environment. So are millions of others. But unless we all do something quickly, we are in danger of losing this green and beautiful world. You should think about that and do something about it before it's too late.</p>
<p>Balach/Nighean: OK, ach cha toigh leam duine a bhith ag innse dhomh dè nì mi.</p>	<p>Boy/Girl: OK, but I don't like being told what to do.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Dè tha thu a' dol a dhèanamh?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: That's brilliant! So what are you going to do?</p>
<p>Balach/Nighean: Chan eil mi gu bhith a' sadail sgudal, no a' dèanamh graffiti no a' ceannach stuth le tòrr còmhach air.</p>	<p>Boy/Girl: I'm not going to drop litter or spray graffiti or buy things with loads of fancy packaging.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Beachdan sgoinneil! 'S fheàrr dhomh feuchainn ris an tràigh seo a ghlanadh mus tig an làn a-steach. Ach 's dòcha gu bheil daoine eile ann a bhruidhneas mu staid an àite seo. Dh'faodadh tu</p>	<p>Woman Cleaning Litter: They're terrific ideas! Now I had better get on here and try to finish clearing this beach up before the tide comes in. But maybe there are other people around here who've got something to</p>

bruidhinn riutha, mura do rinn thu sin.
Agus cuimhnich gun till thu chun na tè
san t-seann shuidheachan càir.
'S dòcha gum bi rudeigin aice dhut.

say about the state of this place. You
could talk to them if you haven't
already. And don't forget to go back
and see that girl in the old car seat. I
think she may have something for you.

Còmhradh 4 leis an Tè a' Togail Sgudal (Iùdhach)

<p>Tè a' Togail Sgudal: Halò a-ri thist! Tha mi fhathast a' feuchainn ri sgudal a ghlanadh far na tràghad seo. Chan urrainn dhomh a chreidsinn na tha de sgudal an seo. Tha e mar gun robh co-fharpais aig daoine airson feuchainn cò bu mhatha a dh'fhàgadh de sgudal air a' ghainmhich.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Hello again! I'm still trying hard to clear the beach of all this debris. I can't believe the amount of rubbish that ends up here. It's as if people have been having a 'let's see how much garbage we can chuck on the sand' competition.</p>
<p>Balach/Nighean: 'S e obair dhoirbh a th' ann. Carson a tha sibh ga dhèanamh?</p>	<p>Boy/Girl: If it's such hard work, why are you doing it?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nuair a bha mise òg, bhithinn fhèin agus an teaghlaich a' tighinn an seo airson picnic. Bhriseadh e an cridhe mar a tha e a-nis. Mar sin bha mi dhen bheachd gum bu chòir rudeigin a dhèanamh. Agus seach nach eil daoine airson a dhèanamh gu saor-thoileach, smaoinich mi, "Siuthad fhèin, a nighean, dèan e." Agus seo mi.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: When I was a kid, my folks used to bring me here for picnics every summer. It would break their hearts to see the beach in this state. So I figured it's time someone did something about it. And, as people aren't exactly queing up to volunteer for the job, I thought, 'Well, girl, it looks like it's going to have to be you.' So here I am.</p>
<p>Balach/Nighean: Agus tha sibh nur fallas ag obair, agus a' glanadh bùrach a rinn daoine eile, air sgàth seann chuimhneachain?</p>	<p>Boy/Girl: Do you mean that you're working up a sweat, clearing up other people's mess, just because of some old memories?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha barrachd air an sin ann. Tha mi ag ionnsachadh tòrr on Torah, an teagast a thug Dia dha na daoine tro Mhaois. Bho laghan Dhè, tha fios againn gum feum sinn an aire a thoirt air an àrainneachd. Chruthaich Dia an saoghal, thug E dhuinne e, agus chan eil E airson gum mill sinn e.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: No, it's more than that. I learn a lot from the Torah, the teaching that God gave to his people through Moses. From God's laws, we know that we should look after the environment. God created this world and gave it to us and he doesn't want us to wreck it.</p>
<p>Balach/Nighean: Chan eil mi a' creidsinn ann an Dia, ach tha mi fhathast a' creidsinn gum feum sinn an aire a thoirt air a' phlanaid.</p>	<p>Boy/Girl: I don't believe in God, but I still think we don't have any choice but to care for the planet.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Tha mi ag aontachadh riut. Chan e dìreach Iùdhach chràbhach a tha a'</p>	<p>Woman Cleaning Litter: I agree with you. It's not just religious Jews who believe people must look</p>

<p>creidsinn gum feum sinn coimhead às dèidh na planaid. Co-dhiù, feumaidh mi cumail orm leis an obair.</p>	<p>after the planet. Anyway, I must get on with this task.</p>
<p>Balach/Nighean: Ach carson as e ar n-obair-sa a th' ann a bhith a' togail sgudal?</p>	<p>Boy/Girl: OK, but why is it your job to be a rubbish collector?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Gun a bhith a' feuchainn ri bhith ro throm, tha mise a' creidsinn gun do dh'àithn Dia dha na h-Iùdhaich an aire a thoirt air an àrainneachd, agus mura dèan sinn sin, bidh rud ann!</p>	<p>Woman Cleaning Litter: At the risk of sounding heavy, I believe that God commanded Jewish people to care for the environment and, if we don't, then we are asking for trouble.</p>
<p>Balach/Nighean: Dè tha sibh a' ciallachadh gum bi rud ann?</p>	<p>Boy/Girl: What do you mean when you say we're asking for trouble?</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Mura coimhead sinn às dèidh an fhearrainn ceart, ma bhios sinn a' dòrtadh òtrachas dhan mhuir, agus ma chumas sinn a' cur gasaichean taigh-glainne dhan àile, bidh blàthachadh na cruinne nas miosa agus nas dorra càil a dhèanamh mu dheidhinn. No a bheil thu an dùil gun urrainn dhuinn cumail a' dol mar a tha sinn mar nach eile dad ceàrr?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Well, it's obvious. If we don't manage the land sensibly; if we pour sewage into the seas; if we carry on pumping greenhouse gases into the atmosphere; then we'll get global warming big time and that will be a real headache for us to deal with. Or do you think we can go on acting as if nothing's wrong?</p>
<p>Balach/Nighean: Chan urrainn dhuinn sin a dhèanamh.</p>	<p>Boy/Girl: No, of course we can't.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Uill, 's e Iùdhach a th' annam agus tha mi a' creidsinn gun do dh'àith Dia dhuinn an aire a thoirt air an t-saoghal. Sin as coireach gu bheil mi a' glanadh na traghad an-diugh. Dè mu do dheidhinn fhèin? Carson a tha thu a' creidsinn nach urrainn dhuinn leigeil leis an t-saoghal a dhol fodha le truailleadh?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Well, I'm Jewish and so I believe that God has commanded us to look after the earth and keep it in good repair. That's the reason why I am trying to clean up this beach today. What about you? Why do you believe we can't let the earth drown in pollution?</p>
<p>Balach/Nighean: Oir marbhaidh sinn e ma nì sinn sin.</p>	<p>Boy/Girl: Because we'll kill it if we do.</p>

<p>Tè a' Togail Sgudal: Ma-thà, cha bhi dòchas ann dhuinn. Ach chan urrainn dhuinn a bhith an dùil gum bu chòir do Dhia ar toirt a-mach à bùrach a rinn sinn fhèin. Cumaidh Esan an saoghal a' dol mar bu chòir ma bheir sinn an aire air rudan an seo. Ach feumaidh sinn uile cuideachadh</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Right! Then we'll all be up the creek without a paddle. But we can't expect God to bail us out when we have made the mess ourselves. He will keep the world turning like it should if we take care of things here on earth. But we've all got to do our bit.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha sin ceart gu leòr. Ach dè nì mise 's gun annam ach pàiste.</p>	<p>Boy/Girl: That sounds fine. But what can I do? I'm only a kid.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Nì gu leòr. Agus chan eil thu ro òg tòiseachadh! Tha film agam mu chlann Iùdhach a tha a' toirt an aire air an àrainneachd, agus carson a tha e cudromach. Am bu toigh leat a choimhead?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Actually, there are plenty of things you can do to make a difference. And you are never too young to start! Look, I have a film of some Jewish children talking about the environment and why it matters that we take care of it. Would you like to see it?</p>
<p>Balach/Nighean: Bhiodh sin math.</p>	<p>Boy/Girl: OK. I'd like to hear what they have to say.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Dè do bheachd ma-thà? 'S e clann a th' annta agus tha tòrr aca ri ràdh mun àrainneachd.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. What do you think? They are kids like you and they've got loads to say about the environment.</p>
<p>Balach/Nighean: Tha mi fhathast a' dèanamh suas m' inntinn.</p>	<p>Boy/Girl: Yes, they have, but I'm still making up my mind.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: OK. Ach tha an ùine a' ruith. Tha mis' a' dèanamh nas urrainn dhomh gus an àrainneachd a għlanadh. Tha agus na milleanan eile. Ach mura dèan a h-uile duine againn rud gu math luath, tha cunnart ann gun caill sinn an saoghal brèagħa, gorm seo. Bu chòir dhut smaoineachadh mun sin mus bi e ro fħadalach.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: OK. But the clock is ticking. I'm doing what I can to clean up the environment. So are millions of others. But unless we all do something quickly, we are in danger of losing this green and beautiful world. You should think about that and do something about it before it's too late.</p>
<p>Balach/Nighean: OK, ach cha toigh leam duine a bhith ag innse dhomh dè nì mi.</p>	<p>Boy/Girl: OK, but I don't like being told what to do.</p>

<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Dè tha thu a' dol a dhèanamh?</p>	<p>Woman Cleaning Litter: That's brilliant! So what are you going to do?</p>
<p>Balach/Nighean: Cuiridh mi dheth an coimpiutair agus an Tbh, an àite iad a bhith aig tàmh.</p>	<p>Boy/Girl: I'm going to switch off my TV and computer, instead of leaving them on standby.</p>
<p>Tè a' Togail Sgudal: Math fhèin! Sàbhalaidh sin lùth agus cha bhi uiread de ghas taigh-glainne a' dol dhan àile. 'S fheàrr dhomh cumail orm mus tig an làn a-steach agus gum falbh an sgudal a-mach gu muir. Ach 's dòcha gu bheil daoine eile ann a bhruidhneas mun àrainneachd. Bruidhinn riutha, mura do rinn thu sin. Agus cuimhnich gun till thu chun na tè san t-seann shuidheachan càir. 'S dòcha gum bi rudeigin aice dhut.</p>	<p>Woman Cleaning Litter: Excellent! That will save energy and mean less greenhouse gas gets into the atmosphere. Now I had better get on here before the tide comes in and washes the rubbish out to sea. But maybe there are other people about who've got something to say about the state of the environment. Have a chat to them if you haven't already. And don't forget to go and see that girl in the old car seat. I think she may have something for you.</p>

Bhidiothan / Dealbhan bheò

Am Ministear: Dealbh: Àdhamh agus Eubha ann an Gàrradh Eden	
Àdhamh agus Eubha ann an Gàrradh Eden. Seo dealbh de dh'Àdhamh agus Eubha ann an Gàrradh Eden, sa bheil mòran bheathaichean agus lusan. Chaidh a peantadh le Jan Brueghel bu Shine san t-seachdamh linn deug.	Adam and Eve in the Garden of Eden. This is a painting of Adam and Eve in the Garden of Eden, showing many animals and plants. It was painted by Jan Brueghel the Elder in the 17th century.
Am Ministear: Àdhamh agus Eubha (air atharrachadh bho Ghènesis 2-3)	
Àdhamh agus Eubha (air atharrachadh bho Ghènesis 2-3). An dèidh an saoghal a dhèanamh, thog Dia crèadh às an talamh agus rinn e cumadh duine leis. Chuir Dia an uair sin anail dhan duine chrèadha. Dh'fhosgail an duine a shùilean. Thug Dia an t-ainm Àdhamh air an duine.	Adam and Eve (adapted from Genesis 2-3). After he had made the world, God scooped up some clay from the earth and shaped it into a man. Then God breathed life into the clay man. The man opened his eyes. God gave the man the name of Adam.
Thug Àdhamh ainm air na h-eòin, 's air na lusan agus air na beathaichean a bha còmhla ris sa ghàrradh. Ach thug Dia gun robh Àdhamh a' cur feum air companach coltach ris fhèin.	Adam named all the birds and plants and animals that lived in the garden with him. But God realised that Adam needed a human companion to share his life.
Mar sin, nuair a bha Àdhamh na chadal, thug Dia asna à cliathaich Àdhamh agus rinn E boireannach leis an sin.	So, while Adam slept, God took a rib from Adam's side and used it to make a woman.
Nuair a dhùisg Àdhamh, chunnaic e Eubha na cadal ri thaobh. Bha e toilichte bean a bhith aige.	When Adam woke up, he saw Eve lying asleep beside him. He was delighted to have a wife.
Thuirt Dia ri Àdhamh agus ri Eubha gun robh e an urra riuthasan coimhead às dèidh Eden. Thuirt e riutha gun robh a huile càil sa ghàrradh leotha-san, ach nach fhaodadh iad càil ithe bho aon chraobh àraidh.	God told Adam and Eve that it was their job to take care of Eden. He told them that everything in the garden was theirs but that they must not eat the fruit from one particular tree.

<p>Thug Dia rabhadh dhaibh gun toireadh measan na craobhe sin dhaibh eòlas air mathas agus air olc. 'Na ithibh i, air ur beatha,' dh'àithn E dhaibh. 'Ma dh'itheas, bheir i am bàs thugaibh.' Gheall Àdhamh agus Eubha gum biodh iad umhail agus nach dèanadh iad a leithid de rud.</p>	<p>God warned them that the fruit would give them the knowledge of good and evil. 'Do not eat it,' he commanded. 'For, if you do, it will lead to your deaths.' Adam and Eve promised God that they would never disobey him by doing such a thing.</p>
<p>Ach aon latha, nuair a bha Eubha leatha fhèin, thàinig nathair a-nall thuice agus rinn i cagair na cluais. Thuirt an nathair gum faodadh i measan ithe bho na craobhan uile.</p>	<p>But, one day, when Eve was by herself, a snake slithered up and whispered in her ear. It told her that she could eat the fruit from all the trees in the garden.</p>
<p>Chrath Eubha a ceann. 'Chan fhaod sinn càil ithe bho chraobh a' mhaith agus an uilc,' thuirt i. 'Ma nì sinn sin, gheibh sinn bàs.'</p>	<p>Eve shook her head. 'We mustn't eat the fruit from the tree that holds the knowledge of good and evil,' she said. 'If we do, we will surely die.'</p>
<p>Rinn an nathair gàire agus thuirt i rithe gun a bhith gòrach. 'Tha am meas ud cho blasta,' thuirt i. 'Cha mharbh e idir thu.'</p>	<p>The snake laughed and told her not to be so silly. 'That's a tasty fruit,' he said. 'It won't kill you.'</p>
<p>'Cha mharbh. Chan eil Dia airson gun ith sibh e, oir ma dh'itheas, bidh fios agaibh air a h-uile càil air a bheil fios aigesan. Agus an uair sin thèid agaibh air ur n-inntinn fhèin a dhèanamh suas mu dè tha ceart no ceàrr.'</p>	<p>'No, God doesn't want you to eat it because, if you do, you'll know as much as him. And then you'll be able to make up your own minds about what's right and wrong.'</p>
<p>Bha Eubha air a buaireadh le faclan na nathrach. Bha i a' smaoineachadh gum biodh e sgoinneil fhèin a bhith cho fiosrach ri Dia. Mar sin bhuain i agus dh'ith i am meas.</p>	<p>Eve was tempted by the snake's words. She thought it would be marvellous to be as clever as God. So she picked and ate the fruit.</p>
<p>Thuirt i an uair sin ri Àdhamh gun robh am meas cho math, agus gum bu chòir dha-san ithe cuideachd. Cho luath 's a rinn e sin, thuig iad le chèile gun do rinn iad mearachd uabhasach.</p>	<p>She then told Adam that the fruit was lovely, and that he too should eat it. As soon as he did so, they both knew that they had made a terrible mistake.</p>
<p>An uair sin chuala iad, le uabhas, gun robh Dia ag èigheachd orra. Dh'fheuch iad ri dhol am falach, ach lorg Dia iad. Bha fios aige sa bhad dè rinn iad, ach dh'fheuch Àdhamh ri coire a chur air</p>	<p>Then, to their dismay, Adam and Eve heard God calling them. They tried to hide from him, but God found them. He knew at once what they had done, but Adam tried to blame Eve, and Eve</p>

Eubha, agus dh'fheuch Eubha ri coire a chur air an nathair.	tried to blame the snake.
Cha do rinn sin feum sam bith dhaibh. Bha Dia duilich gun robh iad air a bhith eas-umhail oir bha fios aige gun robh iad air an toileachas fhèin a mhilleadh le bhith cho gòrach. Le cridhe trom chuir E a-mach à Gàrradh Eden iad.	It did them no good. God was sad that they had disobeyed him because he knew that, by their foolishness, they had ruined their own happiness. With a heavy heart he ordered them to leave the Garden of Eden.
'Bhon seo a-mach feumaidh sibh obrachadh gu cruaidh airson ithe,' thuirt E riutha. 'Feumaidh sibh aodach a dhèanamh agus biadh fhàs. Cha bhi càil furasta dhuibh. Bidh fiù 's pian an cois breith chloinne agus, mu dheireadh, gheibh sibh bàs.'	'From now on you will have to work your fingers to the bone to survive,' he told them. 'You will have to make clothes and grow food to eat. Nothing will be easy for you. Even childbirth will be painful and, in the end, death will come for you.'
Agus sin mar a dh'fhàg daoine Gàrradh Eden agus a chaidh iad a-mach dhan t-saoghal.	And so it was that humankind left the Garden of Eden and went out into the world.

An Tè a' Togail Sgudal: A' Toirt an Aire air an Àrainneachd

Bidh mi ag ath-chuartachadh phàipearan; rud sam bith cha mhòr. Pàipearan-naidheachd agus pàipear sam bith. Gus an cleachd sinn a-rithist e. Gus nach bi sinn ga shadail air falbh.	I recycle newspapers, practically anything. Newspapers and paper basically. So you can use it again. So you don't have to throw it away.
Mar botail bhainne. Bidh thu gan cleachdadadh iomadh uair. Ma shadas tu dhan bhiona iad, cha bhi càil ann airson rudan ùra a dhèanamh.	Like milk bottles, you use them loads of times. If you throw them in the bin, then there'll be nothing to make new things with.
Mas urrainn dhut, mura bheil cabhag ort, agus ma tha e faisg ort, bu chòir dhut coiseachd no a dhol air a' bhaidhsagal.	If you can, and you're not in too much of a hurry and its close enough, then you should walk or cycle.
Tha busaichean math ge-tà, a chionn 's gu bheil iad nas fheàrr na tòrr chàraichean agus tòrr thagsaidhean. Ach chan eil iad nas fheàrr na coiseachd no baidhsagal.	Buses are a really good form of transport though, because, they're better than having loads and loads of cars or taxis. But they're not better than walking or cycling.

dhaoine. Agus mura biodh na daoine sin air bus, bhiodh iad ann an càraichean, agus bhiodh barrachd truaillidh ann.	those people didn't use the bus, then they would have used cars, which means more pollution.
'S toigh leam an cleachdadh a th' aig na h-Iùdhaich nuair a dh'fheumas sinn fois a thoirt dhan talamh a h-uile seachd bliadhna. Agus tha sin cudromach. Tha ùine aig an talamh am mathas fhaighinn air ais a thug bàrr air falbh. An uair sin, 's urrainn dhut cumail ort ag àiteach an fhearrainn, agus gheibh thu bàrr nas feàrr.	I like the Jewish custom when we have to give the earth a rest, every seven years. And that's important. So the earth has a time to recover the nutrients that have been taken by the crops and things. And then you can carry on farming the land, and it will ensure that you produce better crops in the long run.
Nuair a thug Dia dhuinn an saoghal, thug E dhuinn e airson coimhead às a dhèidh. Chuir E an seo sinn airson an aire a thoirt air.	When God gave us the world, he gave it to us to look after. He placed us so that we could look after it.
Mura biodh againn ri coimhead às a dhèidh, bhiodh an saoghal cho furasta ri aon-dhà-trì.	If we didn't have to look after it, then the world would be as easy as 1-2-3.
Mura coimhead sinn às dèidh an t-saoghail, thèid an saoghal na fhàsach. Mura toir sinn an aire air rudan, sèididh a' ghaoth dhan fhàsach iad, agus bidh an talamh gun fheum. Faodaidh fiù 's clann cuideachadh. Chan e clann a bhios annainn gu bràth.	If we don't look after the world, the world will all become desert. If you don't care for things the wind will virtually blow it into desert and it will become baron. Even if we are only children I'm sure we can help. We won't be children forever.
Agus tha Dia a' sùileachadh gun toir sinn an aire air an àrainneachd seach gur E a chruthaich i. Agus 's iongantach mura bheil meas aig Dia air an àrainneachd mar a tha aige oirnne.	And God expects us to look after the environment because it's his creation so God probably loves the environment as he loves us.
Deagh phuing.	Yes, that's a very good point.

An Fhearr le na Notaichean: Islamic Relief

Tha sgiobaidhean lorg agus teasairginn a' sgèith a Phagastan a-nochd airson taic a thoirt do dhaoine, agus chaidh iomairt èiginn a chur air dòigh gus daoine a chuideachadh.	Well, British search and rescue teams are flying to Pakistan tonight to join the relief effort and an emergency appeal has been launched to provide help for those affected.
--	--

Gheall an carthannas seo, aig a bheil taighean-stòraidh ann am Birmingham, fiach dà mhillean not de chobhair.	This charity with warehousing in Birmingham has already pledged 2 million pounds in aid.
Còmhla ri feadhainn eile, tha iad a' meas dè eile a tha a dhìth. Tha cuideam a bharrachd air an iomairt air sgàth cheanglaichean dlùth ri na sgìrean as miosa a dh'fhuiling.	Together with others it's assessing what more is needed, the appeal given added impetus by close ties with the areas worst affected.